



H.M. 71.





MINEACHADH

AIR

EARRANN DE MIATA XXIV, AGUS XXV:

MAILLE RI

COMHARRAIDIHBH TEACIID CHRIOSD LE NEULAIBH
NEIMH, EADIION, FOILLSEACHADH GLOIRE AN DE MHOIR
AGUS AR SLANUGHIIR IOSA CRIOSD.

LE

I. U. LILLINGSTON,

AN T-UACHDARAN ANN AN LOCHAILLSE,

AM BREATUINN MU THUATH.

AIR EADAR-THEANGACHADH BHIO'N BHEURLA.

"Agus am feadh a bha iadsan a' geur-amhare gu neamh, agus esan a' dol suas, feuch, sheas dithis fhear laimh riun ann an eudach geal; agus thubhairt iad Fheara Ghalile, e'arson a ta sibh 'nur seasamh ag amhare gu neamh? An t-Iosa so a thogadh suas uaiibh gu neamh, is amhul sin a thig e, mar a chunnaithe sibh e a' dol gu neamh."—Gniomh, i. 10. 11.

"Oir dh'fhoillsicheadh gras slainteil Dhe do na h-uile dhaoinibh, a' teagast dhuinn gach mi-dhiadhachd agus ana-miann saoghalta aicheadh, agus ar beatha a chartheadh gu stuama, gu eothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal so lathair; air dhuinn suil a bhi againn ris an dochas bheannaichte sin, eadhon foillseachadh gloire an De mhoir agus ar Slanuighir Iosa Criosd: a thug e fein air ar son, cluim gu'n saoradh e sinn bho gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha fein sluagh sonraithe, cùdmhor mu dheadh oibríbh. Na nithe so labhair, agus earaillich, agus cronaich leis an uile ughdáras. Na deanadh duine sam bith tar ort."—Titus, ii. 11—15.


INVERNESS:

PRINTED AT THE HERALD OFFICE, BY D. DAVIDSON.

AND SOLD BY JAMES SMITH: K. DOUGLAS:

D. MORRISON: AND D. McCULLOCH, INVERNESS: R. DOUGLAS,
TAIN: D. FRASER, DINGWALL: OLIVER AND BOYD,
EDINBURGH: AND F. ORR, AND SONS, GLASGOW.

MDCCXXXIX.



T H A

A N L E A B H A R A N S O

LE FIOR DHURACHD AIR A CHUIR AIR LETH,

DHOIBH-SAN UILE LEIS AN IONMHUINN FOILLSEACHADH CHRIOSD,

DREAM MU'M BHEIL AN T-ABSTOL POL AG RADH
ANN AN 2 TIM. IV. 8,

"Bho so mach taisgear fa m' chomhair crun fireantachd, a bheir an Tighearn, am
breitheamh cothromach, dhomh san la ud; agus cha'n ann dhomh-sa a mhain, ach
dhoibh-san uile mar an ceudna, leis an ionmhnuinn fhoillseachadh san."

EARRANN BIJO 'N TREAS CAIBDEIL DEUG THAR AN FHICHEAD
DE LEABHAIR AIMHEIL A CHREIDIMH.

"MU'N BHIETHEANAS DHEIREANNACH!"

"3. Mar is aill le Criosd gu'm bitheamaid inn chinnteach gu'm bi la breitheanais ann, chum araoen nan uile dhaoine a chumail air ais bho pheneadh, agus a chum aon tuille sòlaist a thoirt do'n mhuinnitir dhiadhaidh 'nan trioblaid, mar sin is aill leis an la ud a bhì 'n ceill-tinn air daoinibh, a chum gu'n erathadh iad dhiubh gach uile neo-churam feolmhor, agus gu'm biodh iad a ghnath air am faire, do bhrigh nach 'eil fhios aea eo an uair 'san tig an Tighearn, agus a chum a bhì a ghnath ullamh gu 'g radh, "Thig a Thighearn Iosa, thig gu h-aithphearr. Amen."

Tha Luc. xxi. 27. air a thoirt anns na dearbhaidhleibh air so:—Iadsan a ta dhe'n bheachd gu'm bi amannan gloriorair air an talamh, no nile bliadhna eadar an aimsir a ta latair agus la an Tighearna, no la a bhlreitheanais; tha iad gu soilleir do bharail a tha gu tur an aghaidh na h-earrann so dh'ainmicheadh de Leabhar Aidhmhail a Chreidimh. Tha mi a' saoilsinn gu'm bi e mar an eudna air fhacinn bho 'n Leabharan so a leanas, gu bheil am beachdan an aghaidh Focal Dhe.

MINEACHADIL.

M A T A X X I V . C A I B D E I L .

TUUGAMAID fainear gu'n d' fhéoraich na deisciobuil de ar Tighearn anns an treas rann ~~thar an fhichead~~ de na cheathramh caibdeil thar an fhichead de Mata, da cheist. B'i a cheud cheist, "C'uin a thig na nithe sin gu *crich?*" eadhon, sgrios an teampuill, &c. B'i an dara ceist, "C'iod e comhara do theachd-sa, agus deireadh an t-saoghal?"

¹ Agus chaidh Iosa mach, agus dh'iniuch e o'n teampull; agus thainig a dhiseisobuil d'a ionnsuidh, a nochadh dha airteabh an teampuill.

² Agus thubhairt Iosa riu, Nac faic sibh iad so uile? gu firinneach tha mi ag radh ribh, Nach fagar elach air minn cloiche an so, nach tilgean sios.

³ Agus air suidhe dha air sliabh nan crann-oiladh, thainig a dhiseisobuil d'a ionnsuidh an uaignidheas, ag radh, Innis dhinnne, c'uin a thig na nithe sin gu *crich?* agus ciod e comh-

Tha ar Tighearn a' toirt freagairt fa leth do na ceistibh so ann an ordugh; ach tha e air tus a' toirt rabhadh anns am faodar fhaicinn gu soilleir, nach ann a mhain riu-san a bha a lathair an sin a bha e air a labhairt, ach mar an ceudna r'a eaglais fein, troimh na caochla linnean, gu àm a theachd a rithist. (A)

(A) Tha e iomehuidh, ann an leubhail a chaibdeil so, an aire a thoir, gu bheil Criod an so mar ann an carraimaibh eile de'n Sgriobtuir, a' labhairt r'a eaglais bho neamh.

Mar sin tha sinn a' faicinn anns a chuireann rann deug, gu bheil e 'g radh, "Tugeadh an ti a leughas,"—gu soilleir a' labhairt r'a eaglais, agus cha'n ann a mhain riu-san a bha a lathair. Tha so mar an ceudna a' feuchainn gu'm faca ar Tighearna roimh laimh, gu'm biadh e iomehuidh an carail so a thugissim, agus gu'm bu choir d'i ar deanamh faicilleach, air eagl gu'n tog sinn 'thaidhleadaireachd mearachdach, ni gu cinnteach a ni sinn, ma ghabhas sinn i mar air a labhairt ris a ghinealach sin a mhain, an ait a ghabhail mar air a labhairt r'a eaglais, anns na linnibh a leanadh, bho'n àm sinn gu ath-theacil-san; agus air do carraimaibh fa leth dh'i a bhi air a labhairt ris gach linn, a reir an t-suidheachaidh anns am biadh iad. Tha roinn dh'i air a labhairt riu-san a chunnage "toisceach thruaighean," euid ris a mhuiuntir a chunnage comharradh leir-sgrios Ierusalaim, enid eile riu-san a bha ann ri linn a "mhór amhgbair," eadhon geur-leannluinn Phaganach agus Phaganach na Roimhe, agus tha carann mhór do na briathran air an labhairt

Tha an rabhadh so air a cur sios bho thoisearch a cheathramh ranu gu crioch a cheathramh ranu deug; agus tha e'ga co'dhumadh le a' radh, "Agus bithidh soisgeul so na rioghachd air a shearmonachadh air feadh an domhain uile, mar fhianuis do na h-uile chin-nich: agus an sin thig an deireadh." (B)

riu-san a chi comharaidhean ath-theachd-san, a tha leantuinn crioch a mhor amhghair, agus is ann riu-san gu sonruicht' a chi sin a tha deireadh a chaibdeil so, agus toiseach an ath-chaibdeil a' labhairt; agus, a reir na *h-uile coslas* 'se so an dearbh linn 'sa bheil *sinn beo*, "tuigeadh an ti a leughas."

Tha sinn a' faicinn gu'n do thuig an linn no an ginealach sin anns an do thachair comharaidhean leir-sgrios Ierusalem, an earrann sin de'n fhlaidh-eadaireachd so a bha air a labhairt r'a eaglais; agus ghabh iad ris an rabhadh, agus theich iad gu Pella; marsin chaidh iad as bho'n leir-sgrios a bha teachd. Agus a ta e coslach gur ann r'a eaglais anns a ginealach so, a tha na rabhaidhean agus na h-aithinteau a th' ann an deireadh a chaibdeil so gu sonruicht' air an labhairt: "Uime sin deanaibh-sa faire, oir cha'n 'cill fhios agaibh eia an uair an tig bhur Tighearna. Uime sin bithibh-sa ullamh mar an cendua: oir is ann an uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine." Agus a rithist, ann an Lucas xxi. 36, "Deanaibh-sa air an aobhar sin faire, a' deanaimh urnuigh gach àm, chum gu measar gur airidh sibh air dol as bho na nithibh sin uile a ta gu teachd, agus seasamh an lathair Mhie an duine."

(B) Tha searmonachadh so an t-soisgeil air bàll roimh dheireadh an t-saoghal, no na linn* a tha air ainmeachadh an so, mar an ceudna air ainmeachadh anns an Taisb. xiv. 6, 7. "Agus chunnaic mi aingeal eile ag itealaich ann am meadhon neimh, aig an robh an soisgeul siorruidh r'a shearmonachadh dhoibh-san a tha 'nan comhluadh air an talamh, agus do gach uile chinneach, agus threibh, agus theangaidh, agus shluagh. Ag radh le guth ard, Biadh eagal De oirbh, agus thugaibh gloir dha; oir thainig uair a bhreitheanais: agus deanaibh aoradh dhasan a rinn neamh, agus talamh, agus an fhairge, agus na tobari nisge." Agus a thaobh an àm 'san tachair e, tha e coslach ri bhi cordadh ris na comharaidhibh a bhios air bàll roimh theachd Chriosd. Am feadh 'sa maireas an t-amghar mor, agus a ni an adharc bheag cogadh an aghaidh nan naomh, agus a bheir i buaidh orra, leis a so tha *bacadh* air a chuir air searmonachadh coitcheann an t-soisgeil; ach an uair a chriochnaicheadh an uile agus dà cheud agus tri-fichead là, agus a thoisciachas uachdranachd na Papanaechd ri crionadh, an sin bheirear a cumhachd chum *bacadh* a chuir air searmonachadh an t-soisgeil air falbh a lion cuid is enid, agus bithidh am Bioball air a sgaoileadh air feadh an t-saoghal. Ciod air bith cinneach gus am bi e air a ghuillean, tha Criosd agus a chuid abstol a' searmonachadh an t-soisgeul siorruidh leis, agus ag radh, "Biadh eagal De oirbh, agus thugaibh gloir dha; oir thainig nair a bhreitheanais; agus deanaibh aodhradh dhasan a rinn neamh, agus talamh, agus an fhairge, agus na

ara do theachd-sa, agus deireadh an t-saoghal?

4 Agus flureagar Iosa agus thubhairt e riu, Thugaibh an aire nach meall aon neach sibh:

5 Oir thig moran a'm' ainn-sa, ag radh, Is mise Criosd; agus meall-aidh iad moran.

6 Agus eluinnidh sibh coganna, agus tuairiseagul ehoganna: thug-airibh an aire nach bi sibh fo amhladh: oir

* Tha am focal ceudna air eadar-thicngachadh linn ann an Colos. i. 26, a reir na Greugais, "bho na linnibh, agus bho na ginealachairibh;" agus an *saoghal*, is *fecal* e anns a Bheurla, aig am bheil scadh ro fharsuinn, mar a theircar, an saoghal fasanta, an saoghal scolta; agus ciod a tharlas do'n t-saoghal fasanta; agus ciod a tharlas do'n t-saoghal scolta, an uair a thig Criosd?

is eigin do na nithibh sin uile teachd gu crich, ach cha'n 'eil an deir-eadh ann fathast.

7 Oir eiridih einneach an aghaidh cinnich, agus rioghachd an aghaidh rioghachd : agus bithidh gorta, agus plaighean, agus eriothanna-talmhainn ann am moran aitean.

8 Agus cha'n 'eil annnta so uile ach tois-each thuraighean.

9 An sin bheir iad thairis sibh chum amhagair, agus marbhaidh iad sibh : agus bithidh fuath aig gach uile chinneach dhuibh air sgath m'ainme-sa.

10 Agus an sin gabhairidh moran oilbhneum, agus brathaidh iad a cheile, agus bithidh fuath aea d'a cheile.

11 Agus eiridih moran do shaidhibh breige, agus meallaibh iad moran.

12 Agus do bhrigh gu'm bi an eucoir air a meudachadh, fuaraicteadh gradh mhiorain.

Feudar fhaicinn, bho'n deicheamh rann thar an fhichead, ged a tha an soisgeul air a shearmonachadh mar fhianuis do na h-uile chinnich, nach 'eil a h-aon de threubha na talmhainn air a h-iompachadh aig a theachd-san, oir tha e ag radh, "Agus an sin ni uile threubha na talmhainn bròn."— Nam biodh aon treubh air a h-iompachadh, dhicanadh an treubh sin gairdeachas.

Air dha an rabhadh so a thoirt dhoibh, tha e aig ath-philltinn ris an da cheist a dh'fheoraich iad dheth, agus a' toirt freagairt fa leth dhoibh ann an ordugh, mar an ceudna, aig a cheart àm ag aithris eachdraidh 'eaglais, bho'n dearbh àm sin gu h-àm ath-theachd, agus a' toirt ionadh rabhadh dh'i.

tobair uisge," eo dhiubh a ghabhas iad ris agus a thuigeas iad e no nach tuig, gidheadh tha soisgeul na rioghachd air a shearmonachadh dhoibh mar fhianuis. Tha an ceathramh rann deug de na cheathramh caibdeil deug so de Leabhair an Taisbeanaidh a' nochadhach teachd Chriosd, a tha a' leantuinn searmouachadh so an t-soisgeil. Air eagal gu'm bitheadh duil againn ri scarmonachadh ni's mo *na ní's coitcheann* na'n searmonachadh sin a th' air a runachadh leis an griobtuir, thugamaid fainear ciod a tha air a radh anns an Guiomh. xix. 9, 10, mu thimechioll an t-searmonachaiddh sin, leis an "Cuala luchd-aiteachaidh na h-Asia uile, eadar Indhaich agus Ghreugaich, focal an Tighearna Iosa." Faic mar an ceudna Eabh. xii, air do'n abstol a bhi gabhairi beachdò orra-san uile mu'n do labhair e anns an aon caibdeil deug, a nuas bho Abel, tha e 'g radh, "Uime sin air dhuinne bhi air ar eairteachadh le neul co mor do fhianuisibh." Faic mar an ceudna ciod a tha e 'g radh mu Abel ann an Eabh. xi. 4, "Agus tre sin, air dha bhi marbh, tha e fathast a' labhairt." Faic mar an ceudna ciod a tha air a' radh anns an Eabh. xii. 24, 25, "Agus gu Iosa eadar-mheadhonair a choimhcheangailiunaidh, agus chum fola a' chrathaidh, a tha labhairt nithe a's fearr na *fuisil* Abel. Thugabhbh an aire nach diult sibh esan a ta labhairt : oir mar deachaidh iadsan as a dhiliut an ti a labhair o *Dhia riu* air thalamh, is lugha gu mor na sin a *theid* sinne as, ma thionndaidheas sinn air falbh uaithe-san a ta labhairt o neamh." Uime sin, ciod air bith aite, 's am bheil an Tiомнadh Nuadh air a leubhadh, tha Criosd a nis a' labhairt bho neamh, agus tha esan agus na soisgeulaich agus na h-abstoil a' searmonachadh an t-soisgeul shiorruidh agus ag radh, "Biodh eagal De oirbh, agus thugaibh gloir iha, oir thainig uair a bhreitheanais," &c.

B'i an ceud cheist san, "C'uin a thig na nithe sin *gu crich?*" (eadhon, sgrios an teampuill agus Ierusalaim) a roimh-innis e an ceart-uair, agus tha esan a' toisceachadh a fhreagair air mhodh co-ionann ri briathra' na ceist, aig a chuigeamh rann deug: (Faie C)

Tha ar Tighearn ag radh, "Air an aobhar sin, an uair a chi sibhse grain-eileachd an leir-sgrios, air an do labhair Daniel am faidh." Thugamaid fainear, nach ann gu sonruichte r'a dheiisiobluibh a bha a lathair 'san ām sin a labhair e na briathran so "*an uair a chi sibh?*" Ach r'a *caglais*, agus ris na h-uile a bhuiineadh d'a eaglais, agus a chitheadh graineileachd an leir-sgrios na seasamh anns an ionad naomh, bha na focail so "*an uair a chi sibh?*" air an labhairt riu-san eo math agus ris na deisciobluibh a bha a lathair 'san ām. Theagamh nach robh a h-aon de na h-abstoil ann an Ierusalem an uair a thachair na nithe so. Tha eachdraidheachd ag innseadh dhuinn, gu'n deachaidh euid dhiubh a' chur gu bas roimhe sin. Agus a chum an caibdeil so a thuigsinn gu ceart, bu choir dhuinn a chumail 'nar beachd, anns gach aite, "*nach eil*

(C) Mar a tha e ann an coimeas na h-earrainn so ann an Lue. xxi. 20 21. "Agus an uair a chi sibh Ierusalem air a euairteachadh le armaitibh, an sin biodh thios agaibh gu bheil a fasachadh am fagus. An sin teicheadh iadsan a ta ann an Iudea chum nam beann, agus inicheadh iadsan a ta 'na meadhon-sa mach aisde; agus na rachadh iadsan a ta sa' mhachair, a steach i mte."

Salm xvii. 13. "Saor m'anam o'n aingidh a tha 'na chlaidheamh dhuit." Bha am feachd Romanach air a gnathachadh leis an Tighearna mar a chlaidheamh.

13 Ach ge b'e blithear
seasmhach chum na
erice 'se so a thearnar.

14 Agus bithidh sois-
geal so na rioghachd air
a shearmonachadh air
feadh an domhain uile,
mar fhianuis do na
h-uile chinnich : agus
an sin thig an deireadh,

15 Air an aobhar sin an
uair a chi sibhse grain-
eileachd an leir-sgrios,
air an do labhair Daniel
am faidh, 'na scasamh
ann an ionad naomha,
(tuigeadh an ti a leugh-
as.)

16 An sin teicheadh
iadsan a ta ann an Iudea,
chum nam beann.

17 An ti a ta air null-
each an tighe, na tigeadh
e nuas a thabhairt ni
sam bith leis as a thigh :

18 Agus an ti a ta sa'
mhachair, na pilleadh e
air aisa thogail f' shalluing
leis.

19 Agus is an-noibh-
inn do na mnaibh tor-
rach, agus dhoibh-san a
bheir cloch natha sna
laithibh sin.

20 Ach guidhibh-se
gun bhrur teicheadh, a
bhi sa' gheamhradh, no
air an t-sábaid :

21 Oir anns an ām sin
bithidh amghairmor ann,
amhul nach robh ann o
thús an domhain gus a
a nis, agus nach ino a
bhitheas a chaoidh.

22 Agus mar biadh na
laithean sin air an gior-
rachadh, chabhiodh feoil
sam bith air a tearndadh ;
ach air son nan daoine
taghta bithidh na laith-
ean sin air an giorrach-
adh.

mineachadh uaigneach fa leth gu bhi air a dheanamh air sgriobtuir sam bith," ach gu bheil an Tighearn a' labhairt ruinne leis bho neamh.—Faic Eabhl. xii. 25.

Air dha rabhadh a thoirt d'a eaglais teicheadh bho Jerusalem 'nuair a chitheadh iad an comharradh a dh'ainmicheadh, theann e ri roimh-innseadh mu'n gheur-leannmuinn mhor, dha'n robh 'eaglais gu bhi buailteach bho'n am sin gus an am air ball roimh a theachd a rithist.—Faic Dan. xi. 31—35.

Tha a gheur-leannmuinn a bha 'eaglais gu fhlolang air tuis bho'n Roimh Phaganach, agus an deigh sin bho'n Roimh Phapanach, air a chuir cuid an ceill ann an Dan. vii. 21., mar an cogadh a rinn an adhare bheag ris na naoimh; agus anns an Taisb. xii., mar a gheur-leannmuinn a rinneadh air a mhaoi a rug an leanabh mie, leis an dragon mhor dhearg, aig an robh seachd cinn agus deich adhaireean, agus mar an cogadh a rinn am fiadh-bheathach aig an robh seachd cinn agus deich adhaireean, ris na naoimh, Taisb. xiii. 7, agus mar am fiadh-bheathach aig an robh da adhaire, anns a chuireamh rann den agus anns na rainn a leanas.

Tha an Roimh, Phaganach agus Phapanach, air a gnathachadh le Satan, an t-seann nathair no an dragon chum geur-leannmuinn a dheanamh air an eaglais. Tha e air a radh, anns an Taisb. xiii. 4, "Agus rinn iad aodhradh do'n dragon, a thug a chumhachd do'n fliadh-bheathach;" agus a rithist anns an t-seachdamh raon, "Agus thugadh dha cogadh a dheanamh an aghaidh nan naoimh agus buaidh a thoirt orra." Faic Taisb. xvii. (D)

(D) Taisb. xvii. 18. "Agus is i a bhean a chunnaic thusa, am baile mor sin, a tha rioghachadh os ceann righe na talmhainn." Tha e air a chuir an ceill gu soilleir gur i an Roimh a bhean a ta air a h-ainmeachadh an so, oir echa robh baile mor sam bith eile aig an am sin a rioghachadh os ceann righe na talmhainn.

Faic Lucas ii. 1, "Agus tharladb sna laithaibh sin, gu'n deachaidh ordugh a mach o Cheasar Augustus, an domhan nile a mheas." Mar an eundha Eoin. xix. 15, sin roinnt mu dheireadh, "Flireagar na h-ard shagairt, Cha'n eil righ againne aeh Cesair."

Mar an ceudna faic cainnt Mhorair Chobham a chuireadh gu bas ann an Lunnainn mar fhanuis air son Iosa Criod, anns a bhliadhna 1417. 'Nuair a chaidh a cheasnachadh an lathair uachdaranaibh aintighearnail Eaglais gheur-leanmhuinneach na Roimh, thuit e gu'n robh an t-amghar a bha air ainmeachadh ann am faidheadaireachd so ar Tighearn a' cialachadh geur-leanmhuinn eaglais Chriod leis an Roimh Phap-anach. (E)

(E) "Bha araon Criod agus 'Abstola,' arsa am Morair Co'ham, "air an easaid mar luchd ceannaire, gidheadh bu daoine ro shiothchail iad. Ach rinn Daniel agus Criod faidheadaireachd gu'n tigeadh fathast aimsir eo amhgarach 's nach fhacas a leithid bho thus an domhain; agus tha an fhadheadaireachd so air a coimhlionadh ann an euid 'nur laithibh-sa agus le bhur gniomharraibh, oir mharbh sibh moran cheana, agus marbhaidh sibh tuille an deigh so mur coimhlion Dia a ghealladh. Mar an cendna tha Criod ag radh, mar biodh iad so bhur laithean-sa air an giorrachadh, is gann a bliodh feoil sam bith air an tearnadh, uime sin seallaibh air a shon an ceartas, oir giorraichidh Dia blur laithean-sa.

"An sin thug fear-lagha, d'am b'ainm Mr Iain Cemp, tarrning air dubhladh de'n litir a chuir iad roimhe sin da ionnsuidh do'n tòir le comhairle an Ardeasbuig, a' saoilsinn leis a sin a chuis a dheanamh na b'aithghearra; oir bha a leithid a dh'fionantas orra r'a fhreagaraibh (lethi choslach riu-san a bha deasboireachd ri Stephen) air choir 's gur gann a bha fhios aca ciomas a chaiteadh iad an uine, mar so chunnaiac Dia iomchuidh gu'n diobradh tur agus sealteachd an ceill iad air an latha sin."—Faic Eachdraidh nam Martaireach le Foes, a chaidh chlodh-bhnladh ann an Lunnainn anns a bhliadhna 1641. Bitheadh e air a thoirt fainear gu bheil dà amhgar mhor air an ionradh ann an caochla earrannaibh de' n' Sgiobtuir—tha aon diubh air a chuir an ceil mar amhghair "nach robh a leithid ann bho thus an domhain gus a nis, agus nach mo a bhithreas a chaoi'dh"—tha 'n t-aon eile dhiubh air a chuir an ceil mar amhghair, "nach robh a leithid ann riamh bho 'n bha cinneach ann, gus an uair sin fein." Is e aon dhiubh an t-amhgar a th'air ainmeachadh ann am Mata xxiv. 21, eadhon geur-leanmhuinn Eaglais Chriod leis an Roimh, faic Daniel, vii. 21, mar an ceudna xi. 33, 34, 35; Mata x. 21-25, 34, 35, 36; Eoin xv. 20; xvi. 22-33; Taisb. i. 9; ii. 10; vi. 9, 10, 11; xi. 3, agus ua rannan a leanas; xii. 7, gu deireadh a chaibdeil; agus, xiii. 7-10, mar an ceudna xv. 16, 17; xvii. 6.

"Se an t-aon eile an t-amhghair a tha air ionradh ann an Daniel xii. 1, 2." "Agus bithidh aimsir carraig ann, mar nach robh riamh bho'n bha cinneach ann, gus an uair sin fein: agus anns an àm sin saorar do shluagh-sa, gach aon a gheibhearr sgroblta san leabhar. Agus duisigidh moran dhiubh-san a ta 'nau codal ann an duslach na talmhainn, euid gu beatha shiorruidh, agus euid gu näire agus masladh bith-bhuan."

"Se an dara amhghair àm na teamndaeachd sin a thoisicheas aig foillseachadh glormhoir Chriod, a tha air ainmeachadh aum am Mata xxiv. 30, "Agus an sin foillsichear comhara Mhic an duine an neamh: agus an sin ni uile threubhla na talmhainn bron, agus chi iad Mac an duine a' teachd air neulaibh neimh le cumhachd agus gloir ro-mhoir."

Mar an ceudna tha e air ainmeachadh aum an Taisb. i. 7, "Fench, tha e teachd le neulaibh; agus chi gach s'uil e, agus iadsan mar an eudna a lot

Tha e air a radh anns an Taisb. xviii. 24, " Agus fhuaradh inti (is e sin, anns an Roimh) fuil fhaidhean, agus naoimh, agus nan uile dhaoine a mharbhadh air an talamh ;" agus tha i air a nochdaech anns an treas rann de'n xvii. de'n leabhair cheudna, mar gu'm bitheadh i na suidhe air an fhiadh-bheathach aig am bheil seachd cinn agus deich adhairesean.

B'e Ierusalem, mar gu'm b'eadh, ceann-dachaidh na h-eaglais, gus an do chuir na Romanaich seisdeadh ris an ionad sin. Tha e air a radh, ann an Gniomh. vi. 7, " Mheudaicheadh aireamh nan deisciobuil gu ro mhór ann an Ierusalem ; agus bha cuid-eachd mhór do na sagartaibh umhal do'n chreidimh ;" agus is coltach gu'n do mheal an eaglais gu ire gle bheag mòr shamchair an sin, an deigh iompachadh Phoil ; ach thoisich mòr amghar na h-eaglaise 'nuair a theich iad bho Ierusalem.

Tha ar Tighearn ag radh, " Guidhibh-sa gun bhur teicheadh a bhi sa' gheamhradh, no air an t-sàbaid," (thoir fainear an so, gu'n do labhair e r'a eaglais, oir b'iadsan a mhain a ghabh an teicheadh eo fhad' 's is

e : agus ni uile threubh na talmhainn caoidh air a shon-san : gu ma h-amhluidh a bhitheas. Amen."

Tha e coslach gur e saltradh fion-amair corruiach Dhe a ta air ainmeachadh ann an Isaiah lxiii. 3, 4 ; Taisb. xiv. 20 ; xix. 15 : agus an easgradh a ta air aithris 'san xix. 21, a chuireas erioch air an àm amhaghair so. Tha e mar an eudna coslach gu bheil suil aig Isaiah xxiv. ris an àm so. Agus aig a cheud chuid de'n cheathramh caibdeil deug de Shecariah, 's aig Sephaniah iii. 8, 's aig Salm ii. 9, agus aig an Taisb. ii. 27.

Agus mar a ta an t-àm amhaghair so coslach ris an àm a thachair ann an laithibh Noe 'nuair a sgriosadh an saoghal leis an tuil (ni a thachair mu'n robh cinneach ann, oir cha'n eil sgeul agaum air cinneach sam lith gu laithibh Nimroid, agus togail Bhabel), mar sin 's coslach nach 'eil e air iomradh anns an aon seadh ris an amhaghair eile, eadhon a cheud amhaghair, mu'm bheil e air a radh nach robh a leithid ann bho THUS an domhain eadhon gus an uair sin fein, is e sin, geur-leanmhuiinn na h-Eglais leis an Roimh. Tha e coslach gur sinne a nis *an ginealach a tha* eadar an dà theannndachd so, an linn anns an abair iad sith agus tearruinnteachd, air ball roimh theachd an leir-sgrios orra. Faic 1 Tesal. v. 3, agus is e an t-àm so 'nuair a their iad sith agus tearruinnteachd an t-àm a ta gu bhi air a bhuilteachadh chum an soisgeul a shearmonachadh gu farsuing leis an aingeal ag itealaich ann an meadhon neimh, agus ag radh, Biodh eagal De oirbh, agus thugaibh gloir dha ; oir thainig uair a bhreithearnais, &c. &c. Taisb. xiv. 6, 7. "Se so an t-àm anns am bheil comharraidhean ath-theachd air am faicinn agus air an tuiginn le cuid.

raithne dhuinne); "oir anns an ām sin bithidh amh-ghar mòr ann," &c. Agus tha an t-amhgar so a mairsinn gus am foillsichear comharraidhean a theachd a rithist; oir tha e 'g radh, anns an naothamh rann thar an flichead, "Air ball an deigh trioblaid nan laithean ud, dorchaichear a' ghrian," &c. &c. Ach tha e 'g radh anns an 22 rann, "Agus mur biodh na laithean sin air an giorrachadh, cha bhiodh feoil sam bith air a tearnadh; ach air son nan daoine taghta bithidh na laithean sin air an giorrachadh." Agus tha e coltach gu'n robh laithean a mhoir amhghair air an giorrachadh, do bhrigh 's gu'n robh an teanndachd air eutromachadh le buadhachadh an Ath-leasachaidh (faic na bheil air aithris aig (E), bho chainnt Mhorair Chobham an lathair a luchd-breith); agus theagamh gur e a tha e ciallachadh, mur biodh laithean a mhor amhghair so, mar so air an giorrachadh, gu'm biodh colas an t-soisgeil air a għlanadh a mach ann an sruth fola; ach cha do cheadaicheadh so, air sga an tagħ-aidh, a bha an deigh sin gus an soisgeul eisdeachd agus a chreidsinn.

An sin tha ar Tighearn a' toirt rabhadh dhoibh mu thiomchioll Chriosdan breige agus fhaidhean breige; "Uime sin ma their iad ribh, Feuch,²³ a ta e san fhasach, na rachaibh a mach (F): feuch, a ta e sna scomraichibh

an sin ma their
aon duine ribh, Feuch
a ta Criosd an so, no an
sud; na creidibh e:

(F) A thaobh "Criosdan breige," faic Cumitas Uolfe mu'n tiomehioll, agus mur an eudna eaelhdraigheachd ann an caeoħlađi kinnibh. A thaobh "faidhean breige," tha an saogħal lan diubh. Mu thiomchioll na h-earrann so "Uime sin ma their iad ribh, Feuch a ta e san fhasach, na rachaibh a mach," faic an carriam so leamas bho litir Ollamh ———, a tha fathast beo: "A nis," ars'esan, "ciod a their mi ann am freagradh do na nitibbh a tha thu a' feoraich mu dbeiginn an luehd eo-bħarail sin u th'anns a Għear-mailt, a tha cunmail a mach gu'n riaghħil Criosd fathast mile bliadhma air thalamh maille ris na naoimh? Rinn Ard-thear-teagaing d'am b' ainn Young, ann an caeoħlađi jaabħrieħan a chuir e mach, agus a leubbadħ lo liomħorachd air a Mhoir-thir, faidheadaireachd gu'n toisicheadħi riaghħad pearsonta Chriosd (re m'hile bliadhma) air thalamh annus na bliadhma 1818 no 1819, muu ġie a bha e cunnil a mach a thigeddi erioch an t-seathamh mile bliadhma de'n t-saogħal, agus a thoisieheadħi an seachdamh mile no am mile bliadhma do shabaidean. Mar an eudna dh'innis e gu'm foillsicheadħ an Tighearn e finn ann an duthaich de'n do għoir e Solina, eadhom, dara

24 Oir eiridh Criodan breige, agus faidhean breige, agus nliad comharaan agus miorbhuiilean mòra, ionnas gu mealladh iad, nam feudadh e bhi, na daoine taghta fein.

25 Feuch dh'innis mi dhuibh e roimh-laimh.

26 Uime sin ma their iad ribh, Feuch, a' t/a e san fhasach, na rach-aibh a mach; feuch, a

uaigneach, na creidibh sin." Cha robh an teachd gu bhi na teachd spioradal a *mhair* (uime sin tha e a' toirt rabhadh dhoibh mu thiomchioll a leithid sin a chreidimh nearachdach), a dh'fhaodadh tachairt anns na scormaichibh uaigneach, "oir a reir mar a thig an dealanach o'n aird an ear, agus a

Pharas, a bh' air a enairteachadh le beanntaibh air nach fhaighe thairis, ach a mhain troimh aon blicalach a bha gle flurasd a dhionadh le beng neart. Agus gu'n tionaileadh e a chairdean uile dh'iounsuidh na dutheha so agus gu'n gleidheadh e iad gu tearuinte, am feadh a bhiadh e a leir-sgrios a chuid eile de'n domhain. Tha an Solima so, a reir a blicachd-san, no luidh an ait-eiginn 'san aird-an-ear. Runaich iadsan a chreid an fhaidheadaireachd teichadh an sin bho na breitheanaasaibh a bha gu teachd; mar sin chruinnich mu'n cuairt do sheachd mile deug dhuibh, a chuid mhoir dhuibh bho Urtenberg agus Babharia, chaidh iad fein agus an t-ionlan de'm maoin air bord luingeas air an abhainn Danube, agus rainig iad *caladh* (aig aite *Quarantine*) air oir-thir Rusia. Annus an aite so blhris gue do plaign a mach nam measg leis an do gh Carradh as na milltean dhuibh. Air dhoibh Rusia a ruigheachd, chuir iad teachdairean gu Iompair Alasdair, a bha 'san am sin ann ami Moscow, ag iarradh gu'n d'thugadh e fearann dhoibh air taobh deas beanntaibh Chaucasian. Ghuidh e orra smuaineachadh orra fein agus aentachadh ri comhnuidh a ghabhail air taobh tuath nam beanntan, far an d'thugadh e fearann dhoibh agus far am b' urrainn e an dion. Cha deanadh iad sin! dh'fheumadh iadsan ar Tighearn a choinneachadh aig Thoillseachadh. Ma's ann mar sin a tha, ars' esan, a chiomh 's gu'm feum sibh dol thairis, bheir mise dhuibh fearann air taobh deas nam beann, ach tha mi ag innseadh dhuibh trà nach urrainn mise ar dion an sin. Ghabh mu'n cuairt do chuirig mile dhuibh rabhadh agus ghabh iad comhnuidh ann an Crimea, Besarabia, agus aums na duthehanaibh mu'n cuairt, agus leig iad dhuibh gach beachd mu Sholima. Chaidh euig mile eile dhuibh gu surdail maille r'an cinn-fheadhna gu taobh deas Chaucasus, agus ghabh iad tuineachas ann an euig aitibh-taimh ann an Georgia agus anns na mor-roinnibh do Phersia a bhuan-eas do Rusia. Bhasaich anabhar dhuibh 'san aite so le tineas, agus thug Moran dhuibh iad fein thairis do na h-uile seorsa mi-bheus agus droch-bheart. A chiomh nach b' urrainn do'n eimh-inil giulan nu b'fhaide le'n cleachdannaibh eucorach, dh'thag siad iad agus thainig iad do Rusia. Choimhich an t-Ollamh II — agus mi fein iad annu an teis-meadhon nam beann an uair a bha iad a' pilltinn anns a bhliadhna h-oehd ceud deug agus aon thar fhichead. Bha roinnt mhath chonaltraidh againn riu. Thuirt iad ruinn mar biodh ar Tighearn air fhoillseachadh gu h-aithghearr, gu'n rachadh as d'a eaglais air an talamh gu buileach. Tha na daoine so a uis ann an Caran agus ann an Sarepta, gu h-ionlan air fionnarachadh agus air an leigheas bho'n amaideachd. 'Nuair a bha mi ann an Georgia, chaidh mi a dh'fhaicinn an aitean comhnuidh. Bha iad ann an eor anabarrach truagh, air do theasaich ghnathaithe na duthicha a bhi aums gach tigh 'san deachaidh mi a steach. Bha mealladh dochais ri fhaicinn aums gach gnuis. Thuirt iad gu'n do mheall ar Tighearna iad, gu'n do gheall e tighinn bho chiomh da no tri do bhliadhnachaibh, agus e fein fhoillseachadh acht nach do sheas e r'a fhocal. 'Nuair a thoisich cogadh eadar Persia agus Rusia, leum na Persaich air tri de'n aiteachan comhnuidh, agus thug iad lom-sgriob air ami maoin, agus thug

dhealruicreas e gus an aird an iar ;
mar sin mar an ceudna bhitheas teachd
Mhic an duine."

Tha an t-ochdamh rann thar an
fhichead coltach ri bhi na freagairt

ta e sna seomraichibh
uaigneach, na creidibh
sin.

27 Oir a reir mar a
thig an dealanach o'n
aird an ear, agusa dheal-
raicheas i gus an aird an
iar ; mar sin mar an

iad leo an sluagh 'am braighdeanas. Phill moran dhiubh air an ais a rithist gu'n aiteachaibh comhnuidh, ach tha cuid eile dhiubh air nach eudas guth riamh ; a reir coltais tha na boirionnaich na 'n coinnh-leapaich aig na Persaich. Chuir an Comunn a ta ann am Basle chum an soisgeil a sgoileadh, cuid de dhaoine urramach a shaothraichadh nam measg, agus bha iad nam meadhon beannaichte ann am moran dhinbh iompachadh chum Chriosd, agus gu beachd reusontach Sgiobtuireil de'n fhaidheadaireachd, agus tha dochas agam an deigh an toirt troimh theine agus uisce, gu'n dean Dia iad fathast nam beansachd do na tireanaibh 'sam bheil iad. Cha'n eil teagamh air bith agam nach do runaich Eau comharrachadh a mach mar rabhadh do mhuinnitir eile."

Tha ar Tighearn ag radh anns an t-seathamh rann thar an fhichead, "Uime sin ma their iad ribh, Feuch, a ta e san fhasach, na rachaibh a mach : feuch, a ta e sna seomraichibh uaigneach na creidibh sin." Tha e coltach gu bheil rabhadh ann an so mar an ceudna an aghaidh faidhbh breige no luchd mineachaibh mearachdach air an Sgiobtuir, oir feumaidh sian a mheas gur ann diubh sin iadsan a tha 'g radh an leithid sin a nithe, (a chum gu'n tuigear fior sheadh an fhocail sin faidh faic eiod a tha air a 'g radh mu fhaidheadaireachd 1 Cor. xiv.) agus tha ar Tighearn anns an earrann so ag ainmeachadh gu sonrnichte da mhealladh a bhiodh an dream ud ro ullamh a lendachadh. Tha eisimpleir againn de'n chend mhealladh ann an cor nan truaghanan faoin sin a bha 'sa Ghearmailt a chaidh direach a roimh-ainm-eachadh, agus a chuireadh air seachran leis an Ard-fhear-teagaing Young ; a ta am mealladh eile, eadhon, ma their iad ribh, Feuch, a ta e sna seomraichibh uaigneach, coltach ri bhidh ag dearcadh orra-san a ta teagasc gur e andara cuid teachd spioradail, no aon chum gach neach fa leth aig a bhas, a th'air a chialleachadh an so, oir a ta an radh "anns na seomraichibh uaigneach" co-fhlreagarrach dhoibh araon. (Thoir fainear cha'n eil e 'g radh SEOMAR uaigneach, ach SEOMRAICHEAN uaigneach, mar ni a bha gu tachairt ann an tuille na aon aite comhladh, agus tha am beachd so mar an ceudna comhfheagairt ris an tighinn a ta air a chuir an ceilidh ann an coinhsainhlachd nan deich oighcean, oir tha an t-aon teachd air a chiallachadh anns an da chuis sin, mar a ta e soilleir bho na thuirt ar Tighearna, "An sin samhlaihear rioghachd neimh ri deich oighibh," is e sin aig am a theachd mun do labhradh air ball roimhle).

A thaobh na ceud mhearrachd, eadhon, a bhi saoilsinn gu bheil e 'san fhasach, 'se aithne ar Tighearna "na rachaibh a mach ;" ach a thaobh an dara mearachd, eadhon a bli saoilsinn gur e aon chuid teachd spioradail a mhain a th' air ainmeachadh an so, no teachd chum gach neach fa leth aig a bhas, tha e 'g radh, "na creidibh sin," agus an sin tha e a' cur an ceilidh eiod an t-eadar-dheallachadh mor a bhios cadar ath-theachd-san agus an teachd ris an bheil duil aig an da bhuidhean nd. Gabhamaid beachd air gu bheil comharraidhean so a theachd-sa gu leantuin air ball aig criochmaehadh na mor thrioblaid, a thoisich 'nuair a theich 'eaglais bho Ierusalem, agus mar sin cha'n eil barantas air bith againn air son nan aimsiribh glormhoir sin a tha ionadh ag carbsa air ball roimh "teachd an fhir nuaidh phosda le cumhachd agus gloir ro-mhoir a thoirt a mhuinnitir thaghta, a bhean nuadh phosda d'a ionnsuidh fein," mar a tha e air a chuir an ceilidh ann an deireadh 1 Tesal. iv. Taisib. xiv. 14, 15, 16, agus ann am Mata. xxiv. 30, 31.

teudna bhitheas teachd
Mhic an duine.

28 Oir go b'e ait am bi
a' chairbh, is ann an
sin a chruinniebear na
h-islairean.

29 Air ball an deigh
trioblaid nan laithean
ud, dorchaichear a'
ghrian, agus cha tabl-
air a' ghealach a solus,
agus tuitidh na reulanta
o' neamh, agus bithidh
cumhaichdan nan neamh
air an erathadh.

do'n cheist a ta air a cuir sios ann an
Luc. xvii. 37, ach 's ann a mhain an
so ta am freagairt air a thoirt. Anns
an naothamh rann thar an fhichead tha
e a' cur an ceill, "Air ball an deigh
trioblaid nan laithean ud, dorchaichear
a ghrian," &c. &c. Le sealltuinn air
ais gus a cheud rann thar an fhichead,
tha sinn a' faicinn gu'n do thoisich an t-amghar so
'nuair a theich 'eaglais fein bho Ierusalem. Uime sin,
thoisich laithean na h-amhgar, an uair a sgriobh
Eoin an Taisbeanadh; Faic a cheud chaibdeil agus an
naothamh rann. Agus tha an deicheamh rann de'n
dara caibdeil a' feuchainn gur iad geur-leanmhuinnean
Shatain amhgaran eaglais Chriosd. (Faic G)

'Se am mile agus da cheud agus tri-fichead bliadhna
de gheur-leanmhuinn air an eaglais leis an Roimh
Phapanach a chuid mu dheireadh de'n amhgar mhoir;
agus air ball an deigh an coimhlionadh dorchaichear a
ghrian, &c. &c., tarlaidh comharraidhean teachd

(G) Ré àm a mhór amhghair so a dh'fhuilingeas an Eaglais, tha ar
Tighearn a' toirt fainear ann an coimeas na h-earrann so ann an Lucas, gu'm
"bi cruaidh-chas mhór san duthaich," (ar leam gur e Palestine a tha e ciall-
achadh), "agus fearg air a' phobull so," (eadhon, na h-Iudhaich); agus tha
e 'g radh anns a 24 agus anns a 25 rann, "Agus tuitidh iad le faobhar
a' chlaidheamh, agus bheirear iad am Braighdeanas chum nan uile chinneach:
agus bithidh Ierusalem air a saltairt sios fo na Cinnich, gus an coimhlionar
aimsire nan Cinnach. Agus bithidh comharan auns a ghréin, agus anns a
ghealach, agus anns na reultaibh; agus air an talmh air an cinneach, ann
an iomachonhairle, an euan agus na tonnan a' beuchdaich; eridhe dhaoine
'gan treigsinn trid eagal, agus feitheamh nan nithe sin a ta teachd air an
domhan; oir bithidh cumhaichdan nan neamh air an erathadh. Agus an sin
chi iad Mac an duine a' teachd ann an neul, le cumhaichd agus mor ghoir."
Ach an uair a thig an dara amhgar bithidh na h-Iudhaich air an saoradh.
Faic Daniel xii. 1, 2, "Agus bithidh aimsir carraig ann, mar nach robh riagh
bho'n bha cinneach ann, gus an uair sin fein; agus anns an àm sin sorar do
shluagh-sa, gach aon a gheibhearr sgriobta san leabhar. Agus duisgidh
moran dhiubhsan a ta nan cadal ann an duslach na talmhainn, cuid gu beatha
shiorruidh, agus cuid gu náire agus masladh bith-bluan." Faic Seulariah,
xii., xiii., xiv.

Chriosd, agus *an sin* thig e. (H) Agus tha an Seriobtuir, ann an labhairt mu mhae an sgrios, eadhon a Phapanachd ag radh, ann an 2 Tesal. ii. 8.—“ Neach a chlaoideas an Tighearn le ’anail a bheoil fein, agus d'an cur e as le dealradh a theachd ;” mar sin buadhaichidh a Phapanachd gus an tig an t-am so, agus cha chuirear as d'i gu teachd Chriosd ; uime sin, air ball an deigh an amhghair; eadhon, aig crioch a mhile agus da cheud agus tri-fichead bliadhna (de chogadh buadhach na h-adhairree bige, an cogadh sin a ta air ainmeachadh anns an Taisb. xiii. 7.) toisich-

(H) Mar chi sinn ann an Daniel vii. 21, 22, gu bheil an adharc bheag (eadhon, an Roimh Phapanach) a' deanamh cogadh ris na naoimh agus a' buadhachadh 'nan aghaidh, “ gus an d'thainig Aosda nan laithean, agus an d'thugadh breitheanas do naoimh an Ti a's airde ; oir thainig an t-am anns an do shealbhaich na naoimh an rioghachd.” Faic Taisb. xi. 15, 16, 17, 18, “ Agus sheid an seachdamh aingeal a thrompaid; agus bha guthanna mora air neamh, ag radh, Rinneadh rioghachdan an t-saoghal 'nan rioghachdaibh do ar Tighearn, agus d'a Chriosd-san ; agus bithidh e 'na Righ gu saoghal nan saoghal. Agus thuit na ceithir seanaire ficead, a bha 'nan suidhe air an caithrichibh am fianuis De, sios air an aghaidh, agus rinn iad aodhradh do Dhia, ag radh, Bheireamaid buidheachas duitse, O Thighearna Dhe uile-chumhachdaich, a ta, agus a bha, agus a blitheas; air son gu'n do ghabh thu do clumhachd mor a d'ionnsuidh, agus gu'n do righich thu. Agus bha fearg air na cinnich, agus thainig t'hearg-sa, agus am nam marbh gu'n tugtadh breth orra, agus gu'n tugadh tusa duais do d' sheirbhisich na failhean, agus do na naoimh, agus dhoibh-san air am bheil eagal t'ainme, do na big agus do na moir, agus gu sgriosadh tu iadsan a sgriosas an talamh.” Mar sin tha leir-sgrios na Papanachd, agus tilgeadh an fhiadh-bheathaich agus an fhiadh bhreige do'n loch theine aig toiseach la a bhreitheanais, a tha a' toiseachadh aig ath-theachd Chriosd mar ghadaiche anns an oidche, no mar bhoillsgeadh dealanaich, an tair a tharlas aiseirigh nam marbh ann an Criosd, agus caochladh na dream sin de 'Eaglais a bhios beo agus a dh'fhagar : a ta e a' gabhail a steach mar an euidna suipeir phosaidh an Uain, agus a theachd le a naoimh uile, Sech. xiv., Taisb. xix.: Taomadh a bhreitheanais air an talamh, a ta air a chuir an eill ann an Isaiah xxiv : a' tional as a rioghachd na h-uile nithe a bheir oilbheum: tilgeadh an fhiadh-bheathaich agus an fhiadh bhreige 'san loch theine : ecangal Shatain agus a thilgeadh do shloichd an dubh-aigein : iompachadh agus aisiq iomlan Iudaih agus Isareil : rioghachadh Chriosd maille ri naoimh mile bliadhna : teachd a steach lanachd nan Cinneach : fuasgladh Shatain aig crioch a mhile bliadhna : a mhealladh air na cinnich : an leir-sgrios air lorg sin : tilgeadh an Diabhoil 'san loch theine agus phronnusise, far an do thilgeadh am fiadh-bheathaich agus am faidh breige roimh thoiseachadh a mhile bliadhna : teich-eadh neamh agus talamh bho ghnuis an Ti a ta ri fhacinn 'na shuidhe air an righ-chathair mhór gheal: na mairbh, beag agus mor, nan seasamh am fianuis De: fosgladh nan leabhrachaean agus breith air a thoirt air na mairbh as na nthibh sin a bha sgriobhtha anna a reir an gniomhara : tilgeadh a bhais agus ifrinn san loch theine—“ agus ge b'e air bith nach d'fhuadaradh sgriobta ann an leabhar na beatha, thilgeadh e sau loch theine.”—Tarlaidh na nithe so uile ann an la a bhreitheanais.

idh comharraighean teachd Chriosd a ta an so air an ainmeachadh, eadhon, duibhreadh na greine agus na gealaich, agus tuiteam nan reulta: an sin thig

30 Agus an sin foill-steachar comhara Mhic an duine an neaubh: agus an sin ni uile threibh na talmhainn brón, agus chì iad Macan duine a' teachd air neul-aibh neimhe le cumhachd agus gloir ro-nhoir.

31 Agus euridh e mach 'aingil le fuaim níhoir na gall-truimp, agus cruinnichidh iad a shluagh taghta o' na ceithir gothaibh, o leth-iomall neimhe gus an leth-iomall eile.

32 Aeh foghlumaibh cosamhlachd o'n chrann-flige: an uair a bhitheas a gheug a nis maoth, agus a dh'fhasas an duilleach, aithníchidh slbh gur fagus an samhradh:

33 Agus mar an ceudna, an uair a chi sibhse na nithe sin uile, biodh fios agaibh gu bheil e am fagus, *eadhon* aig na dorsaibh.

34 Gu deimhin a ta mi ag radh ribh, Nach teid an ginealach so fein thairis, gus an tachair na nithe so uile.

35 Theid neamh agus talamh thairis, ach cha teid mo bhráthra-sa thairis a chaoidh.

“Gu deimhin a ta mi ag radh ribh, Nach teid an ginealach so fein thairis, gus an tachair na nithe so uile,” oir feumaidh e bhith gur iad an aon mhuinntir ris an do labhradh anns an 33, agus anns a 34 rann; ach thugamaid fainear gu bheil cuisean a ta ri teachd soilleir do'n Ti Mhoir Is Mí.

Ann an Luc. xxi. 25, tha e 'g radh, "Agus bithidh comharan anns a ghelein, agus anns a' ghealaich," &c. &c.; agus, anns an 28 rann, tha e 'g radh, a' labhairt r'a eaglais, "Agus an uair a thoiseachas na nithe so air tachairt, an sin amhaireibh suas, agus togaibh bhur cinn; oir a ta bhur saorsa am fagus"—(eadhon, saorsa a chuirp mar a ta e air a chuir an ceil an ann an Rom. viii. 23, "Agus cha'n e so a mhain, ach sinn fein mar an ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, tha eadhon sinne ag osnaich annainn fein, a' feitheamh ris an uchd-mhaeachd, eadhon saorsa ar cuirp ;" rann 31 "agus mar an ceudna sibhse, 'nuair a chi sibh na nithe so a' tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil rioghachd Dhe fagus do laimh. Gu deimhin a deirim ribh, nach teid an linn so thairis, gus an coimhlionar na nithe so uile."

Agus anns a 34 rann, "Agus thugaibh an aire dhuibh fein, air eagal uair air bith gu'm bi bhur eridhe fo callaich le geocaireachd, agus le misg, agus le ro-churam mu nithibh na beatha so, agus gu'n tig an la sin oirbh gu h-obann; oir mar ríbe thig e air na h-uile dhaoinibh, a ta 'g aiteachadh aghaidh na TALMHAINN UILE. Deanaibh-sa air an aobhar sin faire, a' deanamh urnuigh gach ām, chum gu measar gur airidh sibh air dol as o na nithibh sin uile a ta gu teachd, agus seasamh an lathair Mhic an duine." Uime sin tha e soilleir bho'n 28 rann,— "An uair a CHI SIBH na nithe so a' toisceachadh ri tachairt, an sin amhaireibh suas, agus togaibh bhur cinn; oir a ta bhur saorsa am fagus"—(I)—tha e soilleir gu'm bi comharraidhean so teachd Chriosd air an tuigsinn le cuid. Mar an ceudna tha e soilleir, bho nam bheil air a radh anns a Lucas xxi. 35, agus bho na tha air a radh anns a Mata xxiv. 38, agus anns na rannaibh a leanas—"Oir mar a bha iad anns na laithibh roimh an tuil ag itheadh agus ag òl,

(I) So dearbhachd eile gu bheil e a' labhairt r'a eaglais.

a' posadh agus a' toirt am posadh gus an la an deachaidh Noe a steach san airc, agus nach robh fhios aca gus an d'thainig an tuil, agus an do thog i leatha iad uile; mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine"—(tha so a' eur an ceill) nach tuig an t-iomlan do dhaoinibh comharraighean a theachd. Bithidh muinntir mu'n cuairt d'an gnothachaibh gnathaichte —faic 40 rann, "An sin bithidh dithis air a mhach-air; gabhar fear aca, agus fagar am fear eile; bithidh dithis bhan a' meileadh anns a' mhuilean; gabhar a h-aon aca, agus fagar an aon eile." Uime sin tha e coslach nach ann gu litireil, ach fo shamhlachas a tha dorchachadh na greine agus na gealaich, agus tuiteam nan reultan ri bhi air an tuigsinn; a thaobh 's nach b'urrainn iad an oibrichibh gnathaichte dheanamh anns an dorch. (K)

Mar sin tha sinn a' faicinn gu bheil e air a' radh ann an Joel, agus ann an Gniomh. ii. 19, 20—"Agus nochdaidh mise iongantais anns na neamh-aibh shuas, agus comharan air an talamh shios; ful, agus teine, agus duibh-neul deataich; iompaichear a' ghrian gu dorchadas, agus a' ghealach gu ful, mu'n tig la mor agus comharaichte sin an Tighearna." Agus anns an Taisb. vi. 12, tha an t-ām so mar an ceudna air iomradh, agus an t-ām anns an tachair e air a chomharrachadh,—"Agus dh'amhaire mi 'nuair a dh'fhosgail e an seathamh seula, agus, feuch! bha

(K) Faie Lucas xvii. 24—30, "Oir mar a ta an dealanach a dhealraich-eas o aon *ionad* fo neamh, a' soillseachadh gus an ionad eile fo neamh, mar sin a bhitheas Mac an duine mar an ceudna 'na la fein. Ach is eiginn da air tus moran do nthibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis a' ghinealach so. Agus mar a bha e ann an laithibh Noe, mar sin mar an ceudna bithidh e ann an laithibh Mhic an duine. Bha iad ag itheadh agus ag ol, a posadh agus air an toirt am posadh, gus an la an deachaidh Noe a steach do'n aire: agus thainig an dile, agus sgrios i iad uile. Amhul fos mar thachair ann an laithibh Lot; bha iad ag itheadh agus ag ol, a' ceannach agus a' reiccadh, a p'annndachadh agus a' togail aitreibh: ach air an la sin fein anns an deachaidh Lot a mach a Sodom, fhrasadh teine agus pronnasg o neamh, agus sgrios e iad uile. Is ann mar sin a bhitheas anns an la am foillsichear Mac an duine."

Nam b'ann gu litireil a bhiodh an dorchadas, cha bhiodh iad a' ceannach agus a reiccadh, a plaundachadh agus a' togail aitreibh.

erith mhor thalmhainn ann ; agus dh'fhas a' ghrian dubh mar shaic-eudach roin, agus d'fhas a' ghealach mar fhuil, agus thuit reulta neimh air an talamh, mar a thilgeas eraobh-flige a figean an-abaich, 'nuair a chrathar i le gaoith mhoir."

Tha fhios againn gur ann fo shamhladh a ta cainnt an Taisbeanaidh air a labhairt; agus tha i a diongadh iuchair do na samhlachaibh a th'air an gnathachadh ann an earrannaibh eile de'n Sgriobtuir. Tha sinn a' faicinn anns an Taisb. viii, gu'n do bhuaileadh an treas cuid de'n ghrein, agus an treas cuid de'n ghealaich, agus an treas cuid de na reultaibh ; agus tha an luchd-mineachaidh is ro chomasaiche, gu cumanta a' cordadh air, gu'n do thachair bualadh so an treas cuid de'n ghrein, de'n ghealaich, agus de na reultaibh, roimh bhuadhachadh nan Sarasach agus nan Turceach, mar a ta an cuigeamh agus an seathamh trompaid, anns an Taisb. ix,—a reir coltach gu soilleir a' euir an ceill am buaidh-san. Mar an ceudna tha e soilleir, bho sheadh Leabhair an Taisbeanaidh air fad, gu bheil dorchachadh so an treas cuid de'n ghrein, de'n ghealaich, agus de na reultaibh, a tha air iomradh anns an viii. caibdeil, a' ciallachadh toraidhean nan truaighean agus nan ainneartan leis an robh cumhachdaibh riaghlaidh Iompaireachd na Roimh air an sarachadh. Faic eiod a th'air a 'g radh le Raibeart Fleming, anns an Leabhar a sgriobh e mu thimechioll Eiridh agus Thuiteam na Papanachd, a chaidh a chlodh-bhualadh anns a bhliadhna 1701, bho chionn ceud agus ochd bliadhna deug thar flichead, anns am bheil e 'g radh, "Bheir an ceathramh trompaid fathast tuille fasalachd air an Roimh, le a greadhnachas agus a gloir a dhorchachadh, ni a ta air a chuir an ceill le dorchachadh an treas cuid de'n ghrein agus de'n ghealaich agus de na reultaibh, leis am bheil sinn gu thuigsim, gun teagamh air bith, erionadh a cumhachd rioghail."

Mar an ceudna, ann an labhairt air a cheathramh soitheach tha e 'g radh, "Tha an ceathramh soitheach a nis gu bhi air a thoirt fainear, agus mar a ta e so air a thaomadh air grein na rioghachd Phapanachd, mar sin 'se a thoradh, daoine a phianadh le li-ainteas teine." A rithist, ann an labhairt mu'n cheathramh soitheach so, tha e 'g radh, "Gu bheil a ghrian, agus soluis eile nau neimh, na samhlaidhean air prionusach-aibh agus air rioghachdaibh, mar a thug sinn fainear cheana, uime sin feumaidh gur e a ta air a chiallachadh le taomadh an t-soithich so air a ghrein, isleachadh cumhachdan mòr a bhuineas do'n Roimh; a ta nam mor chultaie do 'n Phapanachd." (L) "Tha aobhar dochais, mu thoisearch na h-ath linne gu'm faod cuisean tionndadh gu bhi ni's fearr, oir cha'n urrainn mi gu'n bhi 'g earbsa gu'n tachair smachdachadh nuadh eiginn an trath sin riu-san a ta nam priomh chul-taic do'n Ana-criosd, agus theagamh mu'n àm sin gu'n toisich rioghachd na Fraing ri bhi air a h-isleachadh gu mor, agus *ged* do ghabh Righ na Fraing a th' ann an traths'" (Luthais an xiv, a bha 'san àm sin an aird a chumhachd agus a ghoilir) a ghrian mar a mhac-samhailt, agus na briathran so mar a shuaicheantas—"Nec pluribus impar," j'se sin mar a theirear 'sa Ghaelic—"S mise 's airde 'san t-sreath"—theagamh gur fheudar dha fein, no an darna cuid do na righribh a

(L) Faic Iuchair Bhuims do Chainnt Cho'shamhlachail an Sgriobtuir, a chloich-bhuailleadh ann an 1835.

Solus. Tha soluis a' ciallachadh cumhachdan riaghlaidh, a chionn gu bheil iad a feuchainn na slighe, agus air an aobhar sin a' seoladh agus a' riaghlaidh dhaoine nan eithe-beatha, muinntir air mhodh eile aig nach biodh fhios eiod a dheanadh iad no c'ait an rachadh iad. Faic Taobh-duilleig 285.

Tha dorchadas na greine, na gealaiche, agus nan reultan, na shamhladh a ta comharachadh dorchadas choitcheann, no failliann anns an riaghlaidh mar ann an Isaiah xiii. 10; Esec. xxxii. 7, agus Ioel ii. 10-31. Taobh-duilleig 122.

Grian. Grian, gealach, agus reultan. Ge b'e ait am bheil coltas uachdaranachd air a suidheachadh, co dhiubh, is ann an stada no an eaglais, no ann an teaghlach fa leth a ta e; tha a ghrian, a ghealach, agus na reultan, 'nuair a dh'aumiochear euideachd iad, a' ciallachadh nan caochladh inbhe fa leth de chumhachd, no de luchd-riaghlaidh a th'anns an aon stada. Taobh-duilleig 427.



thig na dheigh, agus do'n rioghachd i fein, aig a chuid is lugh roimh na bhliadhna 1794, aideachadh a thaobh nan righrean a tha sa coimhearsnachd, nach 'eil e eadhon—"singulis impar"—*Mar fhear 'san t-sreach.*

Dhearrbh ceannaire nam Frangach gu'n robh am mineachadh so, a rinneadh ceithir-fichead bliadhna agus a tri-deug roimhe sin, le Fleming, an fhad so ceart. A nis thugamaid fainear, gu bheil e tighinn gus a cho'dhunadh so le bhi mineachadh gur e uachdaranachd na Fraing a ta air a ciallachadh leis a ghrein. Mar an ceudna tha e feumal gu'n d'thugamaid fainear, gu'n d'innis e roimh-laimh an t-ām 'san tarladh so, le bhi cunntadh gu'n do thoisich am mile agus da-cheud agus tri-fichead lā (is e sin, bliadhna chéanna anns am bheil 360 lā anns gach bliadhna) anns a bhliadhna 552, agus gu'n do chriochnaich iad anns a bhliadhna 1793-94. Tha e 'g radh beagan an deigh na h-earrann a roimh-ainmicheadh, "Tha mi a tuigsinn gu'n d'fhuair am Pap bunachar nuadh a dh'ardaich ceum eile e, 'nuair a dh'fhag Iustinian an Eadaitt an deigh a toirt fo smachd, ann an tomhas mor fo riaghlaadh a Phapa, air dha bhi toileach ughdarrings an easbuig ardanaich so a mheudachadh, thug e thairis an t-ughdarrings a bhuiheadh dha fein do'n easbuig; a nis thachair so anns a bhliadhna 552, agus leis a mhile agus da-cheud agus tri-fichead bliadhna a chuir ris a so, bheirear an aireamh a nuas gus a bhliadhna 1811, ni is i, a reir cunntais na faidheadaireachd, a bhliadhna 1794." Tha nithe a thachair coslach ri bhi dearbhadh gu'n robh Fleming ceart, *anns a mhór chuid*, a thaobh a chunntais so: mu chunntar gu mean an còrr laithean, uairean agus mhionaidean, a ta eadar a bhliadhna mar a ta i air a meas le cùrsa nan reult-aibh, agus a bhliadhna mar a ta i air a meas anns an fhaidheadaireachd, bheir e air a mhile agus da-cheud agus tri-fichead bliadhna, 'nuair a chunntair iad bho na bhliadhna 552, criochnachadh mu'n cuairt do'n bhliadhna 1793.

Ach tha mar an ceudna deadh aobharan eile air son a bhi co'dhunadh gu'n do criochnaich am mile agus an da-cheud agus an tri-fichead bliadhna aig an àm sin, eadhon, àm Ceannaire nam Frangach (Faic M), agus

(M) Tha a mhòr chuid dhùibh-san a sgriobh mineachadh air an fhaidh-eadaireachd, a' cordadh gu bheil am mile agus da-cheud agus tri-fichead la no bliadhna so a' ciallachadh an t-aon ni ris an aimsir agus aimsirean, agus leth-aimsir a ta air ainmeachadh anns an Taisb. xii., agus anns an Dan. vii. 25, agus ris an da mhios agus da-fhichead, agus an mile agus da-cheud agus tri-fichead la a ta air an ainmeachadh anns an Taisb. xi. 2, 3. Uime sin tha na h-aimsirean so uile, a' ciallachadh an aimsir anns an dean an adhar bheag (eadhon, a Phapanachd) cogadh ris na naoimh, agus a bhuidhaineas i 'nan aghaidh. Faic Dan. vii. 20, agus na rannan a leanas. Ach eo luath 'sa chriochnaicheas am mile agus da-cheud agus tri-fichead la, suidhidh am breitheanas, "agus bheir iad air falbh a thighearnas, gu chaitheamh, agus gu a sgrios gu ruig a chrioch."

Aig toiseachadh na Ceannaire Fhrangaich bha cumhachd na Papanachd gle bhuidhach ann an earrann mhòr de Mhor-thir na Roinn-Eorpa, agus ann an duthchannaibh eile; ach chuir a cheannaire so gu neo-ni a chuir pheanais dhiabhluidh phapanach, a h-inneal mor an-tighearnais, agus a h-arm cogaidh an aghaidh nan naoimh anns gach duthaich, agus chuir i as d'a cumhachd ann an tomhas mor air feadh an t-saoghal. Faic mar a spuinneadh i de a beartas agus de a saoibhreas anns an Fhraing, agus anns a Spainnt, &c. &c.; faic am Pap na phriosanach aig Bonaparte; faic a cumhachd fairneartach air a h-rioslachadh ann an tomhas co mor, 's gu bheil na Sgriobtuirean a nis air an sgoileadh air feadh duthchannaibh Papanach,—ni nach robb air a cheadachadh roimh an Cheannaire Fhrangaich; agus biodh e air a thoirt fainear, ge b'e ait am bheil na Sgriobtuirean air an sgoileadh, tha Criosd agus a chuid Abstol an sin a' searmonachadh an t-soisgeil shiorruidh leo.

Ach tha e air a chuir an eill anns a Daniel vii. 25, 26, "Agus labhraidh e briathran an aghaidh an Ti a's airde, agus claoídhidh e naoimh an Ti a's airde, agus bitidh duil aige aimsirean agus reachdan a chaoehladh; agus bheirear iad d'a laimh gu aimsir, aimsirean, agus roimh aimsire. Ach suidhidh am breitheanas, agus bheir iad air falbh a thighearnas, gu 'chaith-eamh, agus gu a sgrios gu ruig a chrioch." Uime sin an uair a chriochnaichear, an aimsir, agus aimsirean agus leth-aimsir, toisichidh erionadh cumhachd na Papanachd.

Tha e coslach gu'n do thoisich a leithid sin do chrionadh aig àm na Ceannaire Fhrangaich; mar an ceudna gu'n d'thug a Cheannaire sin maille ris na nithe a lean na lorg, air falbh a mor chumhachd chum cogadh an aghaidh nan naoimh; ach tha cumhachd na Papanachd a' buadhachadh re am mile agus da cheud agus tri fichead là, uime sin tha am mile agus da cheud agus tri fichead la air teireachdaimh an uair a sguireas a Phapanachd do bhuidhachadh. Mar an ceudna's iad na soitheachan na seachd plaignean deireannach, agus tha annta na breitheanais leis am bheil a Phapanachd air a tilgeadh bun os ecann; air an aobhar sin, an uair a thoisicheas iadsan ri bhi air an taomadh, chriochnaicheadh am mile da cheud agus tri fichead la bha a Phapanachd gu buadhachadh, ach thoisich tiormachadh na h-ailbhne Euphrateil (eadhon, an Iompaireachd Thurcach) agus a thaobh 's gu bheil sin gu tachairt fo'n t-seathamh soitheach, 'sann fo'n t-seathamh soitheach a ta sinne, uime sin chriochnaich am mile agus da cheud agus tri fichead la bho chionn tamull. Faic caint M—d—L— a labhair e ann an Tigh Ard Chomhairle na Fraing, air an ochdamh la de'n cheud mhios 1834 (air a h-ainmeachadh le Mr E. Bickersteth 'na Shearmonaibh "air ullachadh fa

mar an ceudna gu'n robh a ghrian na samhladh air uachdaranachd na Fraing. Tha e air innseadh dhuinne ann an Daniel ii. agus an vii. caibdeil, gu bheil ceithir rioghachdan mòra gu bhi ann ; agus tha e soilleir gur i an Roimh an ceathramh rioghachd, agus gu mair i, 'na a staid eadar-sgaraichte, gus am buail a chlach, air a gearradh a mach gun lamhan, an iomhaigh air a cosan, mar a ta e 'san dara caibdeil, "Gus an tig an t-ām anns an toirear an rioghachd agus an uachdaranachd, agus morachd na rioghachd fo neimh uile, do mhuinntir naomh an Ti a's ro airde, aig am bheil a rioghachd na rioghachd shiorruidh, agus bheir na h-uile thighearnais umhlachd agus géill da ;" mar a ta e anns an t-seachdamh caibdeil. A nis b'e an ceathramh rioghachd sin a righich os ceann righrean na talmhainn, aig ām breith ar Tighearna ; oir dh'orduicheadh le Ceasar Augustus, an t-iompaire Romanach, an domhan uile a mheas, Lucas ii.: air an aobhar sin, tha an Iompaireachd Romanach ann fathast, agus bitidh i ann gus an tig an t-ām anns an sealbhaich na naoimh an rioghachd, oir tha i an trathsa na staid eadar-sgaraichte, agus mairidh i na staid eadar-sgaraichte gus an sgriosar i.

Uime sin ma tha a ghrian na samhladh air uachdaranachd, is fheudar gur ann air a phriomh uachdaranachd anns an iompaireachd eadar-sgaraichte Romanach a ta i na samhladh, agus tha ghealach na samhladh air an dara uachdaranachd, agus na reultan air na h-uachdaranachdaibh a's lughá. B'i rioghachd na Fraing, aig an ām sin, mar a ghairm iad dhiubh fein, "LA GRANDE NATION," "An cinneach oirdheirc," a chumhachd mhór,—a phriomh rioghachd, anns an iompaireachd eadar-sgaraichte Romanach no Phapanach. Aig ām na Ceannaire Flrangaich, b'i an

chomhair la Chriosd)," a cho'dhuin e le 'g radh, "Tha an Tuire a' dol a dhith a dh'eadhbhuidh Thureach."

Faic mar an ceudna Leabhar-naigheachd na Baintighearna Chriosdaidh air son an dara mios de'n bhliadhna 1834.

Spainnt an dara rioghachd, no a ghealach, agus b'iad a chuid eile na cumhachdan beag, no na reultan.— Ach aig ãm na Ceannaire Fhrangaich, an uair a thainig am mile agus an da cheud agus an tri fichead bliadhna anns an do bhuidhaich a Phapanachd gu crich, an uair a bha an trioblaid mhor, eadhon geur-leanmhuinn na h-eaglaise, leis an Roimh Phaganach agus Phapanach air comh-dhunadh, le toiseachadh toirt air falbh a cumhachd aintighearnail, agus sgrios a lion euid is euid a cumhachd rannsachaidh, os-cionn creidimh dhaoine, bha a ghrian, eadhon, uachdar-anachd na Fraing air a dorchachadh.

Agus chunnaic sinn bho'n ãm sin uachdaranaichd na Spainnt mar an ceudna air a dorchachadh, agus thilgeadh bun os-cionn uachdaranaichdan beag na Roinn-Eorpa, agus thuit iad mar fhras de reultaibh a' thuirlingeadh. Ach tha e air innseadh dhuinn ann an Iocel, agus anns an Gniomh. ii. 20, "Gu'n iompaichear a' ghrian gu dorchadas, agus a ghealach gu ful, mu'n tig la mòr agus comharaichte sin an Tighearna." Chunnaic sinn ma ta cha'u e a mhain a ghrian air a tionndadh gu dorchadas, ach mar an ceudna a Spainnt, a ghealach, air a tionndadh gu ful bho chionn ionadh bliadhna, agus tha i fathast anns a chor sin. Mar a ta a rithist air ainmeachadh anns an Taibh. vi 12, 13, "Agus dh'amhaire mi 'nuair a dh'fhosgail e an seathadh seula, agus, feuch, bha crith mhor thalmhainn ann; agus dh'fhas a ghrian dubh mar shaic-eudach ròin, agus dh'fhas a' ghealach mar fluil, agus thuit reulta neimh air an talamh, mar a thilgeas craobh-flige a figean, an-abaich, 'nuair a chrathar i le gaoith mhoir." Tha e coltach, ma ta, gu'm faca sinn coillionadh nan comharaidhean a ta air an ainmeachadh anns a chaibdeil so Mata xxiv. 29, "Air ball an deigh trioblaid nan Iaithean ud, dorch-aichear a' ghrian, agus cha tabhair a' ghealach a solus, agus tuitidh na reultan o neamh, agus bithidh cumh-

achdan nan neamh air an crathadh," uime sin tha duil againn a nis ri coi'lionadh nan nithe a ta air an roimh-innseadh ann an rann 30 agus 31.

"Agus an sin foillsichear comhara Mhic an duine an neamh, agus an sin ni uile threubha na talmhainn bron, agus chi iad Mac an duine a' teachd air neulaibh neimh, le cumhachd agus gloir ro mhoir. Agus cuiridh e mach 'aingil le fuaim mhoir na gall-truimp, agus cruinnichidh iad a shluagh taghta o na ceithir gaothaibh, o leth-iomall neimh gus an leth-iomall eile."

Agus a thaobh comharaidhean fhoillseachaidh a ta air an ainmeachadh an so, agus a theachd, tha ar Tighearna ag radh anns an 32 agus na rannaibh a leanas, "A nis foghlumaibh cosamhlachd o'n chrann-fhige; an uair a bhitheas a gheug a nis maoth, agus a dh'phas an duilleach, aithnichidh sibh gur fagus an samhradh: agus mar an ceudna, an uair a chi sibhse na nithe sin uile, biodh fios agaibh gu bheil e am fagus, eadhon aig na dorsaibh. Gu deimhin a ta mi ag radh ribh, Nach teid an ginealach so fein thairis, gus an tachair na nithe so uile. Theid neamh agus talamh thairis, ach cha teid mo bhriathra-sa thairis a chaoidh." Thugamaid faineas anns an 33 rann gu bheil e ag radh r'a Eaglais, amhul "sibhse mar an ceudna, an uair a chi sibhse na nithe sin uile, biodh fios agaibh gu bheil e am fagus, eadhon aig na dorsaibh. Gu deimhin a ta mi ag radh RIBH" (eadhon, ribhse a chi an t-iomlan de na nithe so), "Nach teid an ginealach so fein thairis, gus an tachair na nithe so uile."

Uime sin ma chunnaic *sime* uile chomharaidhean so a theachd, 's ann ruinne a ta so air a labhairt, "Gu deimhin a ta mi ag radh RIBH, Nach teid an ginealach so fein thairis, gus an tachair na nithe so uile. Theid neamh agus talamh thairis, ach cha teid mo bhriathra-sa thairis a chaoidh." (N)

(N) Tha air a radh ann an coimeas na h-earrann so anns an Lucas xxi. 31 32, 33, "Agus mar an ceudna sibhse, 'nuair a chi sibh na nithe so a' tach-

36 Ach cha'n 'eil fios an la no na h-uaire sin aig duine air bith, no fos aig ainglibh neimh, ach aig m' Athair-sa a mhain.

37 Ach amhuit a bha laithean Noe, mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine.

38 Oir mar a bha iad anns na laithibh roimh an tuil, ag itheadh agus ag ol, a' posadh agus a' toirt am posadh, gus an la an deachaidh Noe a steach san aire.

39 Agus nach robh fhios aca gus an d'thainig an tuil, agus an do thog i leatha iad nile; mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine.

40 An sin bithidh dithis air a mhachair; gabhar fear aca, agus fagar am fear eile.

41 Bithidh dithis bhan a' meileadh anns a' mhuilean; gabhar a h-aon aca, agus fagar an aon eile

eile," is e sin, tha seirbhiseach Chriosd air a thogail suas na chodhail san adhar, agus an aon eile aig nach 'eil ola na shoitheach maille r'a lochran air fhagaíl.— "Uime sin deanaibh-sa faire, oir cha'n 'eil fhios agaibh eia an uair a thig bhur Tighearna. Ach a ta fhios so agaibh, nam b' fhiosrach fear an tighe eia an uair an tigeadh an gaduiche, gu'n deanadh e faire, agus nach fulaingeadh e gu'm bristeadh a thigh troimh. Uime sin bithibh-sa ullamh mar an ceudna: oir is ann an uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine.— Co e ma seadh, a ta 'na oglach firinneach agus glic, a chuir a Thighearn os-ceann a mhuinnitir, a thabhairt bìdh dhoibh na àm fein? Is beannaichte an t-oglach sin, a gheibh a Thighearna, ri àm dha teachd, a' deanamh mar sin. Gu deimhin a ta mi ag radh ribh, gu'n

airt, biodh fhios agaibh gu bheil rioghachd Dhe fagus do laimh. Gu deimhin a ta mi ag radh ribh, nach teid an ginealach so thairis, gus an coimhlionar na nithe so uile. Thcid neamh agus talamh thairis: ach cha teid mo bhriathra-sa thairis a chaoidh."

Tha ar Tighearn ag radh nach 'eil fios aig neach sam bith ach aig an Athair a mhain, air la agus uair so a' theachd. "Ach cha'n 'eil fios an la no na h-uaire sin aig duine air bith, no fos aig ainglibh neimh, ach aig m' Athair-sa a mhain. Ach amhuit a bha laithean Noe, mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine. Oir mar bha iad anns na laithibh roimh an tuil ag itheadh agus ag ol, a' posadh agus a' toirt am posadh, gus an la an deachaidh Noe a steach san aire, agus nach robh fhios aca gus an d'thainig an tuil, agus an do thog i leatha iad nile: mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine. An sin bithidh dithis air a mhachair;— gabhair fear aca, agus fagar am fear eile,

tha seirbhiseach Chriosd air a thogail suas na chodhail san adhar, agus an aon eile aig nach 'eil ola na shoitheach maille r'a lochran air fhagaíl.— "Uime sin deanaibh-sa faire, oir cha'n 'eil fhios agaibh eia an uair a thig bhur Tighearna. Ach a ta fhios so agaibh, nam b' fhiosrach fear an tighe eia an uair an tigeadh an gaduiche, gu'n deanadh e faire, agus nach fulaingeadh e gu'm bristeadh a thigh troimh. Uime sin bithibh-sa ullamh mar an ceudna: oir is ann an uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine.— Co e ma seadh, a ta 'na oglach firinneach agus glic, a chuir a Thighearn os-ceann a mhuinnitir, a thabhairt bìdh dhoibh na àm fein? Is beannaichte an t-oglach sin, a gheibh a Thighearna, ri àm dha teachd, a' deanamh mar sin. Gu deimhin a ta mi ag radh ribh, gu'n

cuir se e os-ceann a mhaoin gu h-iomlan. Ach ma their an droch sheirbhiseach ud 'na chridhe, A ta mo Thighearn a' cur dail na theachd; agus ma thoisicheas e air a chomh-sheirbhisich a bhualadh, agus air itheadh agus ol maille ri luchd-misge: thig Tighearn an oglach sin ann an la nach 'eil suil aige ris, agus ann an uair nach fios da, agus gearraidh e 'na bhloigh-dibh e, agus bheir e a chuibhriomh da maille ris na cealgairibh: an sin bithidh gul agus giogsan fhiacal."

Tha e soilleir gur iad na h-oighean glic iad sin a ta ullamh, mar a ta e air a radh, Mata xxiv. 44, "Bithibh-sa ullamh mar an ceudna," agus tha an t-ullachadh so a' co'sheasambh ann an oladh a bhi aca, agus 'nan lochranaibh a' lasadh.

Tha an oladh na samhladh air an Spiorad Naomh, 1 Eoin ii. 20, "Ach tha agaibh-sa ungadh o'n ti naomh, agus is aithne dhuibh na h-uile nithe," 27, "Ach tha an t-ungadh a fhuair sibh uaith-san, a' fantuinn annaibh; agus cha'n 'eil feum agaibh gu'n teagaisgeadh aon neach sibh: Ach, mar a ta an t-ungadh so fein 'gar teagast mu thimchioll nan uile nithe, agus a ta e fior, agus nach breug e, eadhon mar theagaist e sibh, fanaibh ann." Coimeas so ri Eoin xvi. 13, "Ach an uair a thig esan, Spiorad na firinn, treoraichidh e sibh chum gach uile fhirinn: oir cha labhair e uaith fein: ach labhraidh e na h-uile nithe a chluinneas e: agus foillsich-

MATA. XXV.*

1 An sin samhlachear rioghachd neimh ri deich oighibh, a thug leo an lochran, agus a chadhla mach an codhail an fhior nuadhlphosda.

2 Agus bha cuigear dhuibh glic, agus cuigear amaideach.

3 Thug iadsan a bha amaideach an lochran leo, ach cha d'thug iad oladh leo.

4 Ach iadsan a bha glic, thug iad oladh leo 'nan soithichibh maille ran lochranaibh.

5 Agus air deanamh maille do'n fhcar nuadhl phosda, thuit elo codail orra uile, agus suain.

6 Agus anns a mhéadhnoidhche riinneadh glaodh, Feuch a ta am fear nuadhl-poda a' teachd; rachaibh a mach g'a choinneachadh.

7 An sin dheirich na h-oighean ud uile, agus dheasaich iad an lochrain.

8 Agus thubhlairt na h-oighean amaideach riusan a bha glic, Thoiribh dhuinne cuid do bhur n-oladh; oir a ta air lochran a' dol as.

* Sann fada an deigh àm nan abstol a chaidh an Tiomnadh Nuadh a roinn 'na chaibdeilibh agus 'na rannaibh, agus is ann a mhain air son deisealachd a rinneadh so; tha an roinn gu tric a' tachairt ann am meadhon earrann aig am bheil dluth choi'cheangal ri cheile, mar a tha an so eadar Mata. xxiv. agus xxv.

9 Ach fhreagair iadsan a bha glie, ag radh, Air eagal nach bi na's leoir ann dhuinn fein agus dhuibh-san, gu ma fearr leibh dol a chum an luchd reicidh, agus ceannachibh dhuibh fein.

10 Agus am feadh a bha fad a dol a cheannach, thainig am fearnuadh posda; agus chaidh iadsan a bha ullamb a steach leis chum a' phosadh, agus dhrinideadh an dorus.

11 'Na dheigh sin thainig mar an ceudna na h-oighean eile, ag radh. A Thighearn, a Thighearn, fogail dhuinne.

12 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Gu deimhin a ta miag radh ribh nach aithne dhomh sibh.

13 Deanaibh faire air an aobhar sin, do bhrigh nach aithne dhuibh an la no an nuair air an tig Mac an duine.

idh e dhuibhse nithe a ta ri teachd."

Ach a reir mar a ta e sgriobhta, 1 Cor. ii. 9—16, " Cha'n fhaca suil, agus cha chnala cluas, agus cha d' thainig ann an eridhe duine, na nithe a dh'ullaich Dia dhoibh-san aig am bheil gradh dha. Ach dh'fhoillsich Dia dhuinne iad lea Spiorad fein: oir tha an Spiorad a' rannsachadh nan uile nithe, eadhon nithe doimhne Dhe. Oir co an duine d'an aithne nithe duine, ach do spiorad an duine a ta ann? mar sin cha'n 'eil fios aig neach sam bith air nithe Dhe, ach aig Spiorad Dhe. A nis fhuair sinne, cha'n e spiorad an t-saoghail, ach an Spiorad a ta o Dhia; chum gu'm biodh aithne againn air na nitibh sin a thugadh dhuinn gu saor o Dhia. Nithe mar an ceudna a ta sinn a' labhairt, cha'n ann am briathraibh a theagaisgeas gliocas dhaoine, achi am briathraibh a theagaisgeas an Spiorad Naomh; a' coimhmeas nitibh spioradail ri nitibh spioradail. Ach cha ghabh an duine nadurra ri nitibh Spioraid De; oir is amайдeachd leis iad; agus cha'n 'eil e'n comas da eolas a ghabhail orra, do blirigh gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad. Ach bheir an duine spioradail breth air na h-uile nitibh, gidheadh cha'n 'eil e fein fo bhreth duine sam bith. Oir co d'am b' aithne inntinn an Tighearna, agus a theagaisgeas e? achi tha inntinn Chriosd againne."

Rom. viii. 9—11, " Ach cha'n 'eil sibhse san fheoil, achi san spiorad, ma tha Spiorad Dhe a' gabhail comhuidh annaibh. A nis mur 'eil Spiorad Chriosd aig neach, cha bhuin e dha. Agus ma tha Chriosd annaibh, tha'n corp marbh gu deimhin a thaobh peacaidh; achi is beatha an spiorad a thaobh fireantachd. Ach ma

tha Spiorad an ti a thog Iosa o na marbhaibh a' gabhail comhnuidh annaibh, an ti a thog Criosd o na marbhaibh, beothaichidh e mar an ceudna blur cuirp bhas-mhor-sa tre a Spiorad-san a ta chomhnuidh annaibh." Agus auns an 23 rann, "Agus cha'n e so a mhain, ach sinn fein mar an ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, tha eadhon sinne ag osnaich annainn fein, a' feitheamh ris an uchdmhaeacachd, *eadhon* saorsa ar cuirp." Faic mar an ceudna Taisb. iv. 5, "Agus *bha* seachd lochrain theine a' dearg-lasadhl am fianuis na righ-chaithreach, a's iad seachd spiorada Dhe." Tha lochran air a chleachdadhl mar shamhladh air eaglais, do bhrigh gu bheil e air a lionadh le olaidh, mar a ta an eaglais leis an Spiorad Naomh, agus tha an oladh na samhladh air an Spiorad. Faic Taisb. i. 20, "Run-diomhair nan seachd reultan a chunnaic thu ann am laimh dheis, agus nan seachd coinnleirean òir. Is iad na seachd reultan, aingil nan seachd eaglaisean: agus is iad na seachd coinnleirean" (no mar is fearr a dh'fhaodar a' radh lochrain) "a chunnaic thu, na seachd eaglaisean." Agus ge b'e ait am bheil coinnleir air aimmeachadh auns an Sgriobtuir, thugamaid fainear gur e a tha e a' eallachadh an ni ris an abair sinne lochran, oir cha robh a ni ris an abair sinne coinnlean air an cleachdadhl anns na laithibh ud.

An uair a tha lochran air a lasadh, tha e air a leasachadh le olaidh, agus tha e air fhadadh le teine. Mar sin air do Eoin Baiste, a bhi labhairt fo sheoladh an Spioraid, tha e 'g radh mu Chriosd, Luc. iii. 16, "Baistidh esan sibh leis an Spiorad Noamh, agus le teine." Tha an t-Abstol ag radh, Eph. v. 8, "Oir bha sibh uair-eigin 'nur dorchadas ach a nis tha *sibh* 'nur solus san Tighearna: gluaisibh mar chloinn an t-soluis; oir a ta toradh an Spioraid auns an uile mhaitheas agus ionracas, agus fhirinn." Uime sin tha an solus na shamhladh air grasaibh no toraidhibh an

Spioraid, agus gu h-araid air gradh Criodail, air maise na naomhaechd, agus air coilionadh an lagha, Mata v. 14, 15, 16, "Is sibhse solus an t-saoghal. Cha'n fheudar baile a ta air a shuidheachadh air sliabh fholaich. Agus cha las daoine coinneal, chum gu'n enir iad i fo shoitheach, ach ann an coinnleir, agus ni i solus do na bheil a stigh. Gu ma h-ann mar sin a dhealraicheas bhur solus an lathair dhaoine, chum gu faic iad bhur deadh oibre, agus gu'n toir iad gloir do bhur n-Athair a ta air neamh."

'S iad na h-oighean ud, aig am bheil an lochran a' lasadh, iadsan, air dhoibh tiodhlac an Spioraid Naoimh fhaighinn, a tha a' toirt a mach toraidhean an Spioraid. Faic Galat. v. 22—26, "Ach is e toradh an Spioraid gradh, aoibhneas, sith, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, macantas, stuaim: an aghaidh an samhuil sin cha'n eil lagh. Agus iadsan a's le Criod, cheus iad an fheoil, maille r'a h-an-tograibh agus a h-ana-miannaibh. Mas beo dhuinn san Spiorad, gluaiseamaid san Spiorad mar an ceudna. Na bitheamaid deidheil air gloir dhiombain, a' brosnachadh a' cheile, a' gabhail farmad r'a cheile." Agus is iad an dream d'am bheil Dia toirt earlas an Spioraid, dream, ma bhios iad beo agus maireann gu teachd an Tighearn, aig am bi am basmhorachd air a shlugadh suas am am beatha. Faic 2 Cor. v. 4, 5, "Oir tha sinne a tha anns a phailliu so ri osnaich, air dhuinn bhi fo eallaich; cha'n e air son gu'm bu mhiamm leinn bhi air ar rusgadh, ach air ar n-eudachadh, chum gu bi basmhorachd air a slugadh suas le beatha. A nis an ti a dh'oibrich sinne chum so fein, is e Dia e, a thug dhuinne mar an ceudna geall-daingnich an Spioraid." Agus 'siad an dream a choidil ann an Iosa, iadsan am feadh a bha iad a chomhnuidh anns a chorp, a bha air an sealadh le Spiorad Naomh a gheallaidh, Eph. i. 13, 14, "Ann an do chuir sibhse mar an ceudna dochas, air dhuibh focal na firinn a chluinntinn,

eadhon soisgeul bhur slainte : neach an deigh dhuibh creidsinn ann, chuireadh seula oirbh le Spiorad Naomh sin a gheallaidh, neach is e geall-daingnich ar n-oighreachd-ne, gu *teachd* saorsa na scilbhe a cheannachadh, chum eliu a ghloire." Bha iad air an seuladh gu la na saorsa, eadlion saorsa a chuirp, mar a ta sinn a' faicinn ann an Rom. viii. 23, roimh-ainmichte, agus mar an ceudna ann an Eph. iv. 30. "Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhe, leis an do chuireadh seula oirbh gu la na saorsa." Is iad an leithid sin buill corp diomhair Chriosd, an Eaglais, agus tha iad marbh, air an adhlacadh, agus air eiridh maille ris. Faic Col. iii. 1—11, "Uime sin ma dh'cirich sibh maille ri Criosd, iarraig na nithe a ta shuas, far am bheil Criosd na shuidhe aig deas laimh Dhe. Suidhichibh bhur n-aigne air na nitribh a ta shuas, agus cha'n ann air na nitribh a ta air an talamh. Oir a ta sibh marbh, agus tha bhur beatha folaithe maille ri Criosd ann an Dia. 'Nuair a dh'fhoillsichear Criosd, neach is e bhur beatha-ne, an sin bithidh sibhse mar an ceudna air bhur foillseachadh maille ris ann an gloir. Uime sin claoidhibh bhur buill a ta air an talamh, striopachas, neoghloine, fonn-collaiddh, ana-mianna, agus saunt, ni a's iodhol-aoradh : Nithe air son am bheil fearg Dhe a teachd air cloinn na h-eas-umhlachd. Anns an robh sibhse mar an ceudna a' gluasad uair-eigin, 'nuair a bha sibh a' eaitheadh bhur beatha 'nam measg. Ach a nis cuiribh-sa uaibh na nithe so uile ; fearg, corruiich, mi-run, toibheum, cainnt shalach as bhur beul. Na deanaibh breug d'a cheile, do blhrigh gu'n do chur sibh dhibh an scann duine maille r'a ghniomharaibh, agus gu'n do chuir sibh umaibh an *duine* nuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an colas, a reir ionlaigh an ti a chruthaich e. Far nach 'eil Greugach no Iudhach, tiomchioll-ghearradh, no neo-thiomchioll-ghearradh, *duine* borb, Sithianach, daor *no* saor : ach is e Criosd na h-uile, agus

tanns na h-uile." Faic mar an ceudna a chuid eile de'n litir. Tha ar Tighearna 'gar n-earalachadh an Spiorad Naomh iarraidh, agus iarraidh gu dian durachdach, Lucas xi. 9—13. "Agus a ta mise ag radh ribh, Iarraibh, agus bheirear dhuibh: siribh, agus gheibh sibh; bnailibh *an dorus*, agus fosgalair dhuibh. Oir gach neach a dh'iarras, glaeaidh e: agus an ti a shireas gheibh e; agus do'n ti a bhuaileas, fosgailear. Ma dh'iarras mae aran, air aon neach agaibh-sa ta na athair, an toir e dha clach? no ma *dh'iarras e* iasg, an toir e nathair dha an ait eisg? No ma dh'iarras e ubh, an toir e scorpion da? Air an aobhar sin ma's aithne dhuibhse a ta ole, tiodhlacan maith a thoirt d'ar cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir bhur n-Athair neamhaidh an Spiorad Naomh dhoibh-san a dh'iarras e?" Faic mar an ceudna ciod a tha air a radh annus an Gniomh. ii. 38, 39, "An sin thubhairt Peadar riu, Deanaibh aithreachas, agus bithibh air blur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Criod, chum maitheanais peacaidh, agus gheibh sibh tiodhlacadh an Spioraid Naoimh. Oir a ta 'n gealladh dhuibhse agus d'ar cloinn, agus do na h-uile a ta fad o laimh, eadhon a mheud 'sa ghairmeas an Tighearn ar Dia." Agus a rithist annus an Rom. viii. 9, "Ach cha'n eil sibhse san fleoil, ach san Spiorad, ma tha Spiorad Dhe a' gabhail comhnuadh annaibh. A nis mar 'eil Spiorad Chriod aig neach, cha bluin e dha." Agus annus an Eoin iii. 5, 6, "Fhreagar Iosa, Gu deimhin, deimhin, deirim riut, mur bi duine air a bhreith o uisge agus o'n Spiorad, cha'n urrainn e dol a steach do rioghachd Dhe. An ni sin a ta air a bhreith o'n fleoil, is feoil e; agus an ni sin a ta air a bhreith o'n Spiorad, is spiorad e."

Faic ciod a tha Eoin ag radh, 1 Eoin ii. 27, gu erioch an treas rann de'n treas caibdeil, "Ach tha an t-ungadh a fhuair sibh uaith-san, a' fantuinn annaibh: agus cha'n eil feum agaibh gu'n teagaisgeadh aon neach

sibh : Ach, mar a ta an t-ungadh so fein 'gar teagast
 mu thimchioll nan uile nithe, agus a ta e fior, agus
 nach breug e, eadhon mar a theagaist e sibh fanabh
 ann. Agus a nis, a chlann bheag, fanabh aunsan ;
 chum 'nuair a dh'fhoillsiehear e, gu'm bi danaachd
 againn, agus nach bi naire oirnn 'na lathair aig a
 theachd. Ma tha fhios agaibh gu bheil esan fireanta,
 tha fhios agaibh gu bheil gach neach a ni fireantachd,
 air a ghineamhuinn uaith-san. Feuchainbh, ciod a'
 ghne ghraidh a thug an t-Athair dhuinne, gu'n goir-
 teadh clann De dhinn ! uime sin cha'n aithne do'n
 t-saoghal sinn, do bhrigh nach b'aithne dha esan. A
 mhuinnitir mo ghraidh, a nis is sinne mic Dhe, agus
 cha'n 'eil e soilleir fathast ciod a bhitheas sinn : ach a
 ta fhios againn, 'nuair a dh'fhoillsichear esan, gu'm bi
 sinn cosmhuil ris ; oir chi sinn e mar a ta e. Agus
 gach neach aig am bheil an dochas so ann, glanaidh
 se e fein, mar a ta esan glan." Nam b'aill leinn an
 Spiorad fhaotuinn feumaidh sinn dol gu Criosd air a
 shon. Eoin vii. 37-39, "Air an la dheireannach, la
 mor sin na feiske, sheas Iosa agus ghlaodh e, ag radh,
 Ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e m' ionn-
 suidhse, agus oladh e. An ti a chreideas annamsa,
 mar a deir an scriobtuir, sruthaidh as a bhroinn
 aimhnichean do uisce beo. Ach labhair e so mu'n
 Spiorad, a bha iadsan a chreideadh annsan gu
 fhaghail : oir cha robh an Spiorad fathast *air a thabhairt*, do bhrigh nach robh Iosa fathast air a
 ghlorachadh." Faic mar an ceudna Gniomh. ii. 32,
 33, "An t-Iosa so thog Dia suas, air am bheil sinne
 uile 'nar fianuisibh. Uime sin air dha bhi air ardach-
 adh le deas laimh Dhe, agus gcalladh an Spioraid
 Naoimh fhaotuinn o'n Athair, dhoirt e mach an ni
 so, a tha sibhse nis a' faicinn agus a' cluinnitinn."

Feumaidh sinn dol da ionnsuidh le creidimh, oir tha
 e air a radh anns an 39 rann, "Labhair e so mu'n
 Spiorad, a bha iadsan a chreideadh annsan gu

fhaghail." Agus anns an Eabh. xi. 6, tha e 'g radh, "Ach as eugmhais creidimh cha'n 'eil e 'n comas a thoileachadh: oir is eigin do'n ti a thig a dh'ionnsuidh Dhe a chreidsinn gu bheil e ann, agus gur e an Ti e a bheir duais do'n dream a dh'iarras e gu dichiollach."

Feumaidh sinn dol da ionnsuidh ann an urnuigh, Lucas xi. 13, "Air an aobhar sin ma's aithne dhuibh-se a ta ole tiodhlacan maithe a thoirt do 'ur cloinn, nach mor is mo na sin a bheir bhur n-Athair neamhaidh an Spiorad Naomh dhoibh-san a dh'iarras air e? Agus a rithist, Marc xi. 23, 24, "Oir gu deimhin a ta mi ag radh ribh, ge b'e neach a their ris a' bheinn so, Togair thu, agus tilgear san fhairge thu, agus nach bi fo amharsn 'na chridhe, ach a chreideas gu'n tachair na nithe a their e, thig gach ni a their e gu erieh. Air an aobhar sin tha mi ag radh ribh, Ge b'e nithe air bith a dh'iarras sibh ann an urnuigh, creidibh gu'm faigh sibh, agus gheibh sibh." Agus Eoin xiv. 13, 14, "Agus ge b'e ni a dh'iarras sibh a' m'ainm-sa, ni mise sin: chum gu'm bi an t-Athair air a għlorachadh anns a Mhae. Ma dh'iarras sibh ni air bith a' m'ainm-sa, ni mise e." Agus Mata. xxi. 22, "Agus ge b'e air bith nithe a dh'iarras sibh ann bhur n-urnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad."

Agus mu chreidimh tha e air a radh ann an Rom. x. 17, "Uime sin, is ann o eisdeachd a thig creidimh, agus eisdeachd tre fhocal De." Gal. iii. 2, "So a mhain b'aill leam fhogħlum uaibh, An ann o oibribh an lagħ a fluair sibh an Spiorad, no o eisdeachd a' chreidimh?" Eoin v. 39, "Rannsaichibh na sgrιob-tuirean, oir a ta sibh a' saoilsinn gu bheil a' bheatha mħaireannach agaibh annta-san; agus is iad sin a ta toirt fianuis mu m' thimchioll-sa." Leo-san, tha Criosd agus a chuid Abstol a' searmonachadh. Lucas xvi. 31, "Agus thubhaint e ris, Mur eisd iad ri Maois agus ris na fàidhibbh, cha mho a chreideas iad, ged

eireadh neach o na mairbhibh." Anns an Gniomh. xvii. 11, 12, tha air a radh, "Bha iad sin ni b'uaise na muinntir Thesalonica, oir ghabh iad am focal d'an ionnsuidh leis an uile thogradh, a' rannsachadh nan sgriobtuir gach aon la, *a dhifheuchainn* an robh na nithe sin mar so. Uime sin chreid moran diubh : agus mar an ceudna do mhnaibh uaisle do na Greug-aich, agus do fhearaibh aireamh nach bu bheag."

Agus mar so a ta e sgriobhta, 1 Cor. xv. 45 gu chrioch, "Rinneadh an ceud dhuine Adhamh 'na anam beo, an t-Adhamh deireannach 'na Spiorad a bheothaicheas. Gidheadh cha'n e an ni spioradail a *bha* ann air tÙs ach an ni nadurra ; agus 'na dheigh sin au ni spioradail. An ceud duine o'n talamh, talmhaidh : an dara duine, an Tighearn o neamh. Mar an *duine* talmhaidh, is amhuiil sin iadsan *a tha* talmhaidh : agus mar a ta *an duine* neamhaidh, is ann mar sin iadsan *a ta* neamhaidh. Agus mar a ghiulain sinn iomhaigh an *duine* thalmhaidh, giulainidh sinn mar an ceudna iomhaigh an *duine* neamhaidh. A nis so a ta mi ag radh, a bhraithre, nach fheudar le feoil agus fuil rioghachd Dhe a shealbhachadh ; ni mo a shealbhaicreas truaillidheachd neo-thruaillidheachd. Feuch, tha mi a' labhairt ni diomhair ribh ; Cha choidil sinn uile, ach caochlaidhear sinn uile, ann an tiota, am priobadh na sÙl, ri *guth na* trompaid deireannaich, (oir seididh an trompaid,) agus eiridh na mairbh neo-thruaillidh, agus caochlaidhear sinne. Oir is eigin do'n *chorp* thruaillidh so neo-thruaillidheachd a chur uime, agus do'n *chorp* bhasmhor so neo-basmhorachd a chur uime. Agus an uair a chuireas an *corp* truaillidh so neo-thruaillidheachd uime, agus a chuireas an *corp* basmhor so neo-basmhorachd uime, an sin coimhlionar am focal a ta sgriobta, Shluigeadh suas am bas le buaidh. O bhais, c'ait am bheil do ghath ? O uaigh, c'ait *am bheil* do bhuaidh ? Is e am peacadh

gath a' bhais ; agus is e neart a' pheacaidh an lagh : ach buidheachas do Dhia, a tha toirt dhuinne na buadha, tre ar Tighearna Iosa Criod. Uime sin, mo bhraithre gradhach, bitbibh-sa daingean, neo-ghluasadach, a' sior-mheudachadh ann an obair an Tighearn, air dhuibh fios a bli agaibh nach 'eil bhur saothair diomhain anns an Tighearn." 1 Tesal. v. 23-25, " Agus gu deanadh Dia na sithe fein naomha sibh gu h-iomlan ; agus gu deonaicheadh Dia gu'm bi bhur u-uile spiorad, agus anam, agus chorp air an gleidh-eadh gu neo-choireach, gu teachd ar Tighearna Iosa Criod. Is firinneach an Ti a ta 'gur gairm, neach mar an ceudna a ni e. A bhraithre, deanaibh turnuigh air ar son-ne."



LEASACHADH.

Comharaidhean teachd Chriosd a tha soilleir 'san àm, is iad—

1, Crioch a mhive agus da cheud agus tri fichead bliadhna, agus a mhór amhghair. Faic taobh-duilleig 9 gu 21, agus M.

2, Dorchachadh na greine, a ghealach gun bhi tabhairt a soluis, agus na reultan a' tuiteam bho neamh, agus cumhachdan nan neamh air an crathadh. Faic taobh-duilleig 11 gu 21, agus L.

3, Coillionadh Taisb. vi. 12, 13, "Agus dh'amhaire mi 'nuair a dh'fhsogail e an seathadh seula, agus, feuch, bha crith mhór thalmhainn ann; agus dh'fhas a ghrian dubh mar shaic-eudach ròin, agus dh'fhas a ghealach mar fhuil; agus thuit reulta neimh air an talamh, mar a thilgeas craobh-fhige a figean an-abach, 'nuair a chrathar i le gaoith mhoir. Faic taobh-duilleig 11 gu 21, agus K agus L. Thugamaid fainear gu bheil crith-thalmhainn, ann an eainnt cho'shanhlachd a' ciallachadh ceannaire. Faic Iuchair Bhuims.

4, Luc. xxi. 25, 26, "Agus bithídh comharan anns a' għrein, agus anns a għealaich, agus anns na reultaib; agus air an talamh airc nan Cinneach, ann an ioma-chomhairle; an euan agus na tonnan a' beuchdaich; eridhe dhaoine 'gan treigsinn troimh eagħ agus feitheamh nan nithe sin a ta teachd air an domhan: oir bithidh cumhachdan nan neamh air an crathadh."

Tha aire nan Cinneach a th'air ainmeachadh an so, a' nochdadħ gu eoħrommakh staid nithe aig caoħħladh amannan bho àm na Ceannaire Fhrangaich; agus theaganah gu bheil teinn nan ċinnejah a thaobh storais air an ciallachadh an so mar an ceudna, teinn agus ioma-chomhairlean a thaobh airgid a sharuċi euid dhiubhsan a chaidh as bho na breitħeanaasaib bu truime, fuil agus teine. Tha an euan agus na tonnan a' beuchdaich nan samh-laidhean air sloigh, coimħthionail, cinnich, agus teanganna, faic Taisb. xvii. 15; air dhoigh 's gu bheil ceannaireeān agus buaireasan mor-shloigh gu eoħrommakh air a chur an eċċi leis a

chuan agus ua tor-nan a' beuchdaich. Agus chunnaic sinn aimhreitean agus buaireasan mor-shloigh a' toirt air eridheachaibh dhaoine a' treigsinn troimh eagal, agus feitheamh nan nithe sin a ta teachd air an domhan, 'nuair a chunnaic iad cumhachdan nan neamh air an crathadh, 'se sin, cumhachd luchd-riaghlaidh agus uachdaranan, a tha air an orduchadh le Dia neimh, air an crathadh; oir a ta e air a radh anns an Rom. xiii. 1, "Oir cha'n 'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachdan a ta ann, is ann le Dia a dh'orduicheadh iad," &c.; faic Rom. xiii. 1—7. Agus an uair a tharlas na nithe so, tha e air a radh ann an Luc. xxi. 27, "Agus an sin ehi iad Mae an duine a' teachd ann an neul, le cumhachd agus mor-ghloir. Agus an uair a thoisicheas na nithe so air tachairt, an sin amhaireibh suas, agus togaibh bhur einn; oir a ta bhur saorsa am fagus."

5, "Agus bitidh soisgeul so na rioghachd air a shearmonachadh air feadh an domhain uile, mar fhianuis do na h-uile chinнич: agus an sin thig an deireadh." Faic taobh-duilleig 5, agus B agus E.

6, An ionnsuidh a thugadh air an aodhradh Chriosdaidh Phrotestach a shuidheachadh anns a chanain Eabhruidhich ann an Ierusalem. 'San àm an deachaidh Bhietoria a ghairm na Ban-righ, chuireadh air adhart ministeir a Sasuinn chum na eriche so. Agus tha sinn a' faicinn an so, an fhaidheadaireachd sin air a coimh-lionadh a th'anns an Salm eii. 13—22, "Eiridh tusa, ni thu trocair air Sion; oir tha'n t-àm gu deadh-ghean a nochadh dh'i, seadh, an t-àm suidhichte air teachd. Oir tha do sheirbhisich a' gabhlail tachd 'na clachaibh, agus tha deadh run aea d'a luaithre. Mar sin bitidh eagal air na cinnich roimh ainn an Tighearn, agus air uile righribh na talmhainn roimh a ghloir. An uair a thogas an Tighearna suas Sion, chithear e 'na ghloir. Bheir e 'n aire do urnuigh nan diobarach, agus cha dean e tair air an athchuinge. Sgriobhar so do'n àl ri teachd; agus molaidh an sluagh a ghinear an Tighearn. Oir dh'amhaire e nuas o airde a naomhachd fein; o na neamhaibh sheall an Tighearn air an talamh. A chluinntinn osnaich a' phriosanaich, chum fuasgladh orra-san a dh'orduicheadh chum bais; chum ainn an Tighearna chur an ceill ann an Sion, agus a chliu ann an Ierusalem; An uair a chruinnichear na sloigh le cheile, agus na rioghachda, gu seirbhis a dheanamh do'n Tighearna." Coimeas

so ri Sechar. xiv. 4, far am bheil e air a radh, "Agus seasaidh a chosan air an la sin air sliabh nan Oladh :" agus anns a chuigeamh rann, "Agus thig an Tighearn mo Dhia-sa, agus a naoimh uile maille ris." Agus tha an t-àm glormhor, an uair a thionailear na sloigh le cheile, agus na cinnich, gu seirbhis a dheanamh do'n Tighearn, gu soilleir a' leantuinn so ; oir tha e air a radh anns an 17 raunn, "Agus tarlaidh, co sam bith do uile theaghlaichibh na talmhainn nach teid suas gu Ierusalem, a dheanamh aoraidh do'n Righ, Tighearn nan sluagh, eadhon orra sin cha tig uisge sam bith. Agus mur teid teaghlaich na h-Eiphit suas, agus mur tig iad : orra-san bithidh a' phlaigh sin leis am buail an Tighearn na cinnich nach teid suas a choimhead feill nam pailliunan."

Faic mar an ceudna, Gniomh. iii. 19, "Air an aobhar sin, deanaibh-sa aithreachas agus bithibh air bhur n-iompachadh. chum gu'm bi blur peacanna air an glanadh as, 'nuair a thig amanna fionnuaireachd o lathair an Tighearn ; agus a chuireas e Iosa Criod d'ur ionnsuidh, a chaidh roimh-orduchadh : neach is eigin do neamh a ghabhail gu aimsiribh aisig nan uile nithe, air an do labhair Dia le beul' fhaidhean naomha uile, o thoiseach an t-saoghal.' Mar a tha air a radh anns an Salm Ixvii., "Gu deanadh Dia trocair oirnn, agus gu beannaicheadh e sinn ! agus gu tugadh e air a ghnuis dealrachadh oirnn. Selah. Chum gu'n aithnichear do shlighe air an talamh, do shlainte am measg nan uile chinneach. Moladh na sloigh thu, a Dhe ! moladh na sloigh uile thu ! Biadh na cinnich aoibhneach, agus deanadh iad luathghaire ; oir bheir thusa breth air na sloigh an ceartas, agus riaghlaidh tu na cinnich air an talamh. Selah. Moladh na sloigh thu, a Dhe ! moladh na sloigh uile thu ! Bheir an talamh a thoradh : gu beannaicheadh Dia, ar Dia-ne, sinn ! Gu beannaicheadh Dia sinn ! agus gu robh 'eagal-san air uile chriocheibh na talmhainn !" Uime sin tha sinn a' faicinn, gur h-ann aig la a bhreitheanais, eadhon an uair a bheir e breith air na sloigh an ceartas, agus a riaghlas e na cinnich air an talamh, a bheir an talamh a thoradh, a bhios 'eagal-san air uile chriocheibh na talmhainn, agus a bhitheas a shlainte aithnichte am measg nan uile chinneach. Agus is e comharadh teachd am fagus nam beannachdan so uile, mar a ta e air a chur an ceil an Salm

cùi, a sheirbhisich a bhi 'gabail tlachd ann an clachaibh Shioin, agus deadh run aea d'a luathre.

Tha tiormachadh na h-aibhne Euphrateis (eadhon, an iompair-eachd Thureach) a tha air ainmeachadh fo an t-seathamh soitheach, na chomharadh eile air teachd am fagus àm ath-aisig nan Iudhach agus air teachd Chriosd, oir tha e ag radh an sin, " Feuch tha mi a' teachd mar ghadaiche ;" agus air do'n da chomharadh so tachairt comhladh, tha iad a' daingneachadh aon a cheile.

7, Na breitheanasan a dhoirteadh air na cinnich Phapanach ; eadhon na breitheanasan sin a th' air an cuir an ceil anns an Taisb. xvi. fo na seachd sothicéan, ni is iad na seachd plaigh-ean deireannach, mar a chi sinn anns a xv. caibdeil. Tha tiormachadh na h-aibhne Euphrateis (eadhon, an iompaireachd Thureach, mar a bha e air a mhineachadh bho chionn ionadh linn) a' dearbhadh gu bheil an seathamh de na seachd sothicéan so 'ga thaomadh ; agus bho'n a tha iad air an cuir an ceil gur iad na seachd plaighean deireannach, 's eiginn gu bheil sinn gun teagamh gle dhluth do'n chrich. Ach tha e coltach gu bheil teachd Chriosd chum a naoimh a thoirt d'a ionnsuidh fein, gu tachairt fo an t-seathamh soitheach so ; agus tha an seachdán soitheach a' cuir an ceil nam breathanais a thig air lorg agus a leanas a theachd ; eadhon an dara àm amghar, an t-amghar sin a th' air ainmeachadh, Dan. xii. 1. Thig Criosd mar ghadaiche 'san oidheche, aig àm an abair iad sith agus tearuinteachd. Mar so tha a thicheadh an deigh a cheud amghar, eadhon, geur-leamhuiinn 'eaglaise, de'n goirear gu cuðthromach, An t-amhghar mor, agus aig tùs àm an amghar a ta air ainmeachadh ann an Dan. xii. 1, an uair a bhios a phobul, eadhon, na h-Iudhaich air an saoradh : oir aig an àm sin ni uile chinnich na talmhainn bron air a shonsa.

8, Am sith agus tearuinteachd a thaobh coltais, a tha leantuinn air ball an deigh nan comharaidhean a bhios ann an cumhachdaibh nan neamh, 'sa ghrein, 'sa ghealaich, agus anns na reultaibh, &c. a tha air an ainmeachadh ann an Ioel. Mata, Marc, Lucas, Gniomhara, agus anns an Taisbeanadh.

Tha e coltach gur e an t-àm sith agus tearuinteachd so a leanas air ball na comharaidhean a dh'ainmicheadh cheana, agus a bheir mor chothrom chum an soisgeil a shearmonachadh, gidheadh, theagamh gu'm bi a mhor chuid caoin-shuarraich uime, no gu'm bi

e air a dhiultadh gu follaiseach, le cinnich mar chinnich, **an comharadh** deireannach air teachd an Tighearna ; oir tha air a radh, 1 Tesal. v. 2, 3, 4, " Oir a ta sàr fhios agaibh fein gu'n tig la an Tighearna mar ghaduiche san oidhche. Oir an uair a their iad, sith agus tearnuinteachd, an sin thig sgrios obann orra, mar shaothair air mnaoi thorraich ; agus cha teid iad as. Ach cha'n eil sibhse, a bhraithre, san dorchadas, ionnas gu'm beireadh an la sin oirbh mar ghaduiche."

A CHRIOGH.







